fèisean
NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Dihaoine 8 Dùbhlachd 2023 bho 11.30 ann an Seòmar a' Bhùird, Cùirt an Easbaig, Inbhir Nis

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh ann an Seòmar a' Bhùird, Cùirt an Easbaig, Inbhir Nis, bho 11.30m Dihaoine 8mh Dùbhlachd 2023

Clàr Chùisean

4.2023.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Fàilte air buill ùra a' Bhùird agus taghadh oifigearan	Airson Aontachaidh

4.2023.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c)	Blas 2023 agus 2024	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Lèirmheas air pròram bhon Dàmhair agus sùil air adhart	Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh

4.2023.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2023-24	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Suimeannan airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2023	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Tabhartasan nam Fèis 2023-24	Airson Fiosrachaidh
(e)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

4.2023.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Obair Chothromach an Toiseach agus Tuarastail 2023	Aiirson Fiosrachaidh agus Deasbaid

4.2023.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Lùghdachadh Gualain: Aithisg Bhliadhnail	Aiirson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Stòrasan Alba Chruthachail: Tasgadh is Maoin nan Ealan Gàidhlig	Aiirson Fiosrachaidh

4.2023.06 EILE

(a)	G I S B E	
(b)	Ceann-latha na h-ath choinneimh agus coinneamhan eile 2024	Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta Muthu Newton, Inbhir Narann, Dihaoine 29 Sultain 2023 bho 2.00f

3.2023.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Anna Mhoireach (Cathraiche), Cailean Sandilands, Anna NicAmhlaigh, Carola NicCaluim, Alasdair Paul, Ceitidh NicAonghais, Iain A MacÌomhair (CnES), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Calum Ailig MacMhaoilein (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh) Luke Slater (a' frithealadh).

Bha Aonghas MacLeòid tinn mar sin rinn Iain MacIlleChiar eadar-theangachadh mar-aon. Tha am Bòrd a'guidhe gach feabhas air slàinte Aonghais.

(b) Leisgeulan

Kirsty MacDougall (Iar-chathraiche), George Stoddart, Angela Mack, Sarah-Jayne Shankland, Lena Nic an Fhùcadair (Comhairle na Gàidhealtachd), Steven Kellow (Bòrd na Gàidhlig), Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail, Donnchadh MacNìll (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid), Morag Anna NicLeòid NicMhìcheil (Comhairle na Gàidhealtachd).

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas a chuairteachadh bhon choinneimh a chaidh a chumail air 26 Cèitean 2023.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Anna NicAmhlaigh is Alasdair Pòl a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Chuir am Bòrd an cèill an co-fhaireachdainnean do Sheòras Stoddart is do dh'Anna NicAmhlaigh a bha le chèile air buill an teaghlaich a chall o chionn ghoirid.

Cuideachd chuir am Bòrd meal a naidheachd air Dougie Pincock leis gu bheil e air a dhreuchd mar Stiùiriche Sgoil-chiùil na Gàidhealtachd a leigeil dheth.

3.2023.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg a chuairteachadh le Art MacCarmaig air adhartas a' chlàir-obrach gu deireadh a' Mhàirt 2023.

Bha buill a' Bhùird toilichte leis an adhartas is thugadh fainear dha.

(b) Aithisgean Adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean adhartais bhon luchd-obrach a sgaoileadh.

Bha Anna Mhoireach toilichte cluinntinn gum bi Calum Friseal is Nicola Simpson ag obair còmhla air pròiseact Cholmcille. Thug Calum Ailig geàrr-iomradh air a' phròiseact.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha anns na h-aithisgean agus thug an Cathraiche taing do na h-uile airson farsaingeachd na h-obrach san robh iad an lùib.

(c) Sùil air ais air clàr an t-samhraidh is sùil air adhart

Chuir Art MacCarmaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum Ailig MacMhaoilein lèir-chunntas an cèill air a' chlàr-obrach aig Fèisean nan Gàidheal a tha a' dol an-dràsta is ri tighinn.

Dh'innis Art mu iarrtasan gu Alba Chruthachail is gu Bòrd na Gàidhlig. Dh'innis Calum Ailig naidheachdan air Tac an Teine, Fèisean an t-Samhraidh, Cèilidhean air Chuairt, Fèis Alba agus Fuaran. Dh'innis Eilidh mu na thachair aig an Sgoil-shamhraidh Dràma Gàidhlig, Acadamaidh a' Mhòid, Tabhaich agus Sporan.

Thug am Bòrd fainear don fhiosrachadh ùr is do phrìomhachasan nam mìosan air thoiseach.

(d) Plana Clàr 2023-28

Bhathar air an clàr a chaidh aontachadh roimhe a chuairteachadh airson bheachdan.

Mhol Alasdair Pòl am plana ag ràdh gun do mhìnich e gu soilleir amasan is lèirsinn don Ghàidhlig am broinn na buidhne. Thog e ceist a thaobh mar a chaidh puing 8 a sgrìobhadh ann an Ceann-obrach 1, ach rachadh dèiligeadh rithe sin san dreachd dheireannach.

Bha buill a' Bhùird toilichte am plana ùraichte aontachadh.

3.2023.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus Cosgaisean 2023-24

Bhathar air aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a chuairteachadh a bha a' sealltainn teachd-a-steach is cosgais le gnothaichean ionmhais gu 19 Sultain 2023.

Thug buill a' Bhùird fainear do shuidheachadh an ionmhais gu ruige seo.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £7,853.96
- Cunntas Àrd-rèidh - £210,983.48
- Cunntas Blas - £11,169.04
- Cunntas Leasachaidh - £8,590.76
- Urras Cobhair Carthannais (UCC) - £304,088.53

Thug buill a' Bhùird fainear do na suimean.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Òg-mhìos 2023

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh ron choinneimh.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha anns na cunntasan.

(d) Tabhartasan do na Fèisean 2023-24

Bhathar air liosta de na tabhartasan aontaichte do na Fèisean a chuairteachadh agus chaidh innse gun deach na Fèisean a phàigheadh nuair a bha feum aca air.

Thugadh fainear don aithisg leis a' Bhòrd.

(e) Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2023

Bhathar air na cunntasan bliadhnail gu 31 Màrt, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh ron choinneimh.

Bha an Cathraiche air coinneachadh ri Mann Judd Gordon a thaobh nan cunntasan agus thugadh taing do dh'Anna Willoughby is do dh'Art MacCarmaig leis an luchd-sgrùdaidh airson an obair leantainneach ann a bhith a' cumail deagh chlàraidhean ionmhais agus do dh'Anna airson a co-obrachaidh air feadh an sgrùdaidh is ann an ullachadh nan cunntasan-riaghlaidh.

Chaidh na cunntasan aontachadh leis a' Bhòrd agus chaidh moladh an cur air beulaibh coinneamh bhliadhnail na buidhne.

(f) Luchd-sgrùdaidh: Daingneachadh Mann Judd Gordon

Bhathar air litir bho Mhann Judd Gordon a chuairteachadh taobh a-staigh a' Bhùird a thaobh VAT air tiocaidean a chaidh a reic do dh'Fhèis Blas Earranta.

Chaidh dreachd freagairt a chur ri chèile agus chaidh na bha na bhroinn aontachadh leis a' Bhòrd.

Bha buill a' Bhùird air cùmhnant dà bhliadhna aontachadh le Mann Judd Gordon an-uiridh is, mar sin, bha iad deònach moladh an cur an dreuchd a-rithist aig a' choinneimh bhliadhnail.

(g) Virgin Money: Buil a' ghearain gu Ombudsman nan Seirbhisean Airgid

Dh'innis Art MacCarmaig ann am briathran na bha air tachairt a thaobh a' ghearain gu Ombudsman nan Seirbhisean Airgid a thaobh Virgin Money. Chaidh £200 a bharrachd a phàigheadh air sàilleabh na droch sheirbhis a fhuaras.

Bha am Bòrd den bharail gu bheil an gearan dùinte a-nis.

(h) Aontaidhean Maoineachaidh

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' sìor-chonaltradh ris na buidhnean a mhaoinicheas ar clàr-obrach agus bhathar air aithisg le Art MacCarmaig a chuairteachadh airson fios a chumail ri buill a' Bhùird air staid nan aontachaidhean riutha-san.

Chaidh beagan dragh a thogail a thaobh an fhios mu dheireadh a thàinig bho Alba Chruthachail, le 350 buidheann a' sùileachadh maoineachadh cunbhalach bhuapa. Thathar an dùil cuideachd nach fhaigh Alba Chruthachail an làn-mhaoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba am-bliadhna.

Cuiridh Art MacCarmaig a-staigh iarrtas maoineachaidh nas motha sa Ghearran 2024 ma 's e 's gun ceadaichear a' chiad iarrtas san Damhair.

Thugadh fainear leis a' Bhòrd gun robh a' bhuidheann air dàimh mhath a chumail le buidhnean maoineachaidh. Thug am Bòrd taing do ar com-pàirtichean maoineachaidh airson am misneachd leantainneach sa bhuidhinn.

3.2023.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Am fiosrachadh as ùire

An dèidh dhi tilleadh bho fhòrladh mhàthaireil, dh'fhàg Peigi Anna Shields a' bhuidheann. Thug am Bòrd is an luchd-obrach taing do Pheigi Anna airson a h-obair dhìcheallach feadh an ama a bha i còmhla ri Fèisean nan Gàidheal.

Cuideachd, chuir am Bòrd fàilte air Calum Friseal a tha air tòiseachadh na Oifigear Leasachaidh làn-ùine sna h-Eileanan an Iar.

(b) Obair Chothromach air Thoiseach

Bhathar air aithisg le Art MacCarmaig a chuairteachadh ron choinneimh a thaobh iomairt Obair Chothromach an Toiseach aig Riaghaltas na h-Alba.

Chaidh aithris gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' deànamh mòran de na tha a dhìth air an sgeama mar-tha agus thugadh fainear gun robhar air ceisteachan a chuairteachadh do bhuill an luchd-obrach a thaobh caochladh chuspairean a bheireadh dhuinn bonn còmhraidh fhathast.

Thug am Bòrd fainear don adhartas gu ruige seo.

3.2023.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Taghadh a' Bhùird

Chaidh aithris gun robh 5 buill air deireadh an teirm cheadaichte aca a ruighinn agus dhaingnich an Ceannard gun biodh taghadh ann, a-rèir nan riaghailtean taghaidh, do bhuill ùra an dèidh coinneamh bhliadhnail 2023 le buill ùra nan dreuchd, bhathar an dòchas, airson coinneamh a' Bhùird san Dùbhlachd.

Chaidh aontachadh leis a' Bhòrd gun rachadh dòigh-obrach taghadh a' Bhùird a mhìneachadh aig a' choinneimh bhliadhnail.

(b) **Clàr na Coinneimh Bliadhnail is na Co-labhairt Bliadhnail**

Bhathar air clàr na Coinneimh Bliadhnail is na Co-labhairt Bliadhnail, a chaidh ullachadh le Anna Willoughby, a chuairteachadh ro làimh.

Chaidh daingneachadh gun robh dùil ri mu 50 luchd-com-pàirt an làthair sa Cho-labhairt.

Chaidh aontachadh gum fanadh cìsean ballrachd Fèisean nan Gàidheal aig £150 sa bhliadhna.

Thug buill a' Bhùird fainear don chlàr is bha fiughar aca ri co-labhairt shoirbheachail.

(c) **Aithisg Bhliadhnail 2023**

Bhathar air an Aithisg Bhliadhnail a chuairteachadh don Bhòrd ron choinneimh. Bhathar air an aithisg a phostadh air an làraich-lìn, sna meadhanan-sòisealta agus air a chur do na h-uile a bhiodh an làthair aig a' Choinneimh Bhliadhnail is aig a' Cho-labhairt.

Thug Art MacCarmaig taing do Chalum Ailig MacMhaoilein airson a chuid obrach ann a bhith a' sgrìobhadh na h-aithisg, do Luke Slater airson a chuid obrach dhealbhachaidh agus do dh'Iain MacIlleChiar airson obair eadar-theangachaidh.

Bha am Bòrd toilichte Aithisg Bhliadhnail 2022 a cheadachadh airson a cur air beulaibh na Coinneimh Bliadhnail.

(d) **Maoinean Alba Chruthachail: Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig**

Bhathar air fiosrachadh air an dà mhaoin aig Alba Chruthachail a tha fo rianachd Fèisean nan Gàidheal a chuairteachadh air thoiseach air a' choinneimh.

Thug buill a' Bhùird fainear don t-suidheachadh an-dràsta a thaobh Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.

3.2023.06 **EILE**

(a) **GISBE**

Cha robh an còrr gnothaich ann.

(b) **Ceann-latha na h-ath choinneimh: 8 Dùbhlachd 2023**

Chaidh ceann-latha ath-choinneamh a' Bhuird a dhaingneachadh mar 8 Dùbhlachd 2023.

Chaidh aontachadh gum biodh an ath-choinneamh an làthair a-chèile ann an àiteigin ann an Inbhir Nis airson fàilte a chur air buill ùr a' Bhùird.

Thug an Cathraiche taing do dh'Iain MacIlleChiar airson eadar-theangachadh aig a' choinneimh.

Thug Art MacCarmaig taing do bhuill a' Bhùird a tha a' fàgail agus dhaingnich e gum biodh an cothrom an obair aca aithneachadh ann an dà-rìreadh nuair a thig an teirm gu ceann aig ath-choinneamh a' Bhùird.

Fèisean nan Gàidheal

Fàilte air buill ùra a' Bhùird agus taghadh oifigearan

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2023.01(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a dhaingneachadh mu na buill ùra agus stiùir a thoirt do na buill uile mu na h-oifigearan a bhios a dhìth air a' Bhòrd-stiùiridh.

Bun Fhiosrachadh

A-rèir sgeama Fèisean nan Gàidheal airson buill a thaghadh don Bhòrd, b' fheudar do chòignear am Bòrd-stiùiridh fhàgail am-bliadhna an dèidh don ùine a bha ceadaichte dhaibh a bhith air a' Bhòrd a thighinn gu ceann.

Sheas ball eile sìos tràth airson a leigeil le neach eile bhon Fhèis air a riochdachadh leatha-se àite a ghabhail.

Tagraichean Ainmichte

A' leantainn na coinneamh-bhliadinail san t-Sultain, chaidh fios a-mach do na Fèisean a' sireadh thagraichean. An dèidh an ceann-latha dùnaidh, chaidh pàipear-taic 4.2023.01(e)-1 a sgaoileadh don Bhòrd le roghainnean.

Dh'aontaich buill a' Bhùird gu h-aona-ghuthach gur e roghainn 2 a b' fheàrr leotha agus gum biodh àite air Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal a thabhann air na leanas:

- Krisell Dhòmhnallach (Fèis Eilean an Fhraoich)
- Raonaid Lincoln (Fèis Lochabair)
- Iain MacAsgaill (Fèis an Rubha)
- Muirgheal NicCaomhanaigh (Fèis an Tairbeirt)
- Tommy MacDhòmhnaill (Fèis Tìr a' Mhurain)
- Gwen NicGuaire (Fèis an Earraich)

Chaidh seisean inntrigidh air-loidhne a chur air dòigh do na buill ùra.

Oifigearan a' Bhùird

Bidh feum air a' Bhòrd air Cathraiche agus Rùnaire. Faodaidh Iar-Chathraiche agus/no Ionmhasair a bhith aig a' Bhòrd cuideachd.

Tha Kirsty NicDhùghaill an-dràsta na h-Iar-Chathraiche. Bidh ise a' leantainn oirre mar bhall den Bhòrd ach bidh na dreuchdan eile bàn. Bidh taghadh ga chumail aig a' choinneimh airson daoine a bhios deònach na h-uallachaidhean seo a ghabhail os làimh. Tha beagan a bharrachd fiosrachaidh mu na dreuchdan sin san duilleag a leanas.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:

1. Fa-near a thoirt don fhiosrachadh
   agus
2. Le stiùir bho Anna Mhoireach aig a' choinneimh, aontachadh ri daoine a thaghadh do na dreuchdan ainmichte shuas.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Dùbhlachd 2023

The **Chair** should:

- Be elected by the Board from within the membership
- Ensure that Board Members have a proper knowledge of their roles and responsibilities
- Keep fully abreast of all that is going on within Fèisean nan Gàidheal
- Meet regularly and develop an effective working relationship with the CEO
- Set the agenda along with the CEO
- Chair meetings of the Board and ensure that all Board members participate
- Take responsibility for external representation
- Speak for the Board publicly, if necessary, and should ideally be a Gaelic speaker
- Ensure that the Board carries out its essential functions efficiently and effectively
- Be delegated to take essential decisions between meetings when necessary.

The **Secretary** should:

- Be elected by the Board from within the membership
- Ensure that all necessary returns are made on time to Companies House
- Ensure that accounts are lodged annually with Companies House
- Ensure compliance with OSCR regulations
- Ensure that a list of all members is up to date and available at all times
- Ensure that copies of the minutes of all meetings are available to anyone who asks
- If the Vice Chair is not present, deputise for the Chair.

While there is no legal requirement for a **Vice Chair** or **Treasurer**, it is good practice to have someone who can deputise in the Chair's absence and oversee finances. In the past, Fèisean nan Gàidheal has had a Vice Chair rather than a Treasurer at various times.

Fèisean nan Gàidheal

4.2023.01(e)-1

New Board Members

Reason for Paper
To seek approval from Board members to appoint new members to the Board of Fèisean nan Gàidheal.

Background
Board members will recall that, at their Board meeting in September 2023, it was agreed an election would be called following the AGM to elect new Board members. This would be in line with the Scheme for Election of Board Members, included in Annex 1, which regulates proceedings and the term permitted for members to serve on Fèisean nan Gàidheal's Board.

Board members will recall that those due to stand down in 2023 were as follows:

- Anna Murray
- George Stoddart
- Sarah-Jayne Shankland
- Colin Sandilands
- Anna MacAulay

It was hoped the following members would continue to serve on the Board until 2025 to ensure some stability:

- Carola MacCallum
- Kirsty MacDougall
- Katie Macinnes
- Angela Mack
- Alistair Paul

Angela Mack has indicated she wishes to stand down in favour of a new nominee from Fèis Lochabair.

Election
Having updated the role description to suit current needs, following the AGM a notice was sent to all Fèisean asking for nominations by Friday 10 November, as follows:

- Three nominees from Fèisean in the area served by The Highland Council
- Two nominees from Fèisean in the area served by Comhairle nan Eilean Siar
- One nominee from Fèisean in the area served by Argyll & Bute Council
- One nominee from Fèisean in all other areas (outwith Highland, the Western Isles and Argyll & Bute).

We have received the following nominations:

- Tommy MacDonald (Fèis Tìr a' Mhurain)
- Krisell MacDonald (Fèis Eilean an Fhraoich)
- Iain MacAskill (Fèis an Rubha)
- Gwen MacQuarrie (Fèis an Earraich)
- Rachel Lincoln (Fèis Lochabair)
- Muriel MacKaveney (Fèis an Tairbeirt)

The personal statements from each candidate are included in Annex 2.

Options
Adhering to the Scheme for Election of Board Members, an election would be required to elect two members from the Western Isles, while two places in Highland would be vacant meantime, as would one place from Fèisean in all other areas.

Acknowledging how difficult it can be to attract new Board members, we should be encouraged by the interest shown by those who have been nominated.

Taking a pragmatic approach, I wanted to outline options before proceeding with an election, as follows:

Option 1 would be to run the election in line with the existing procedures for two members from the Western Isles, while considering the co-option of a representative from two Highland Fèisean and one from Other Areas at a later date.

Option 1 should ensure two new representatives from the Western Isles are elected but runs the risk of losing the interest and expertise of one of the three candidates put forward.

Option 2 would be to accept all three nominees from the Western Isles. I would suggest the first two to come in, Tommy MacDonald and Krisell MacDonald, be considered as Fèis candidates. I would suggest co-opting the third nominee, Iain MacAskill. This would leave one place for a nominee, either from Highland or Other Areas, vacant meantime.

If this is the preference of the Board, the representation by area would be as follows:

- Two members, rather than four, from Fèisean in the area served by The Highland Council
- Three members, rather than two, from Fèisean in the area served by Comhairle nan Eilean Siar
- One member, as required, from Fèisean in the area served by Argyll & Bute Council
- Two members, rather than three, from Fèisean in all other areas.

Option 2 would remove the need for an election at this time and would leave us with the same number of members we currently have on the Board. The Board would have the ability to co-opt another two representatives anytime opportunities arise, or at the time of the next election.

Recommendation

Both options would be in line with the agreed Scheme for Election of Board Members. I would recommend Option 2 to Board members as the best way to harness the interest shown by nominees and to allow a smooth transition in membership of the Board.

Action Required

Board members are asked to:

(1) Approve the recommendation being Option 2
or
(2) Revert to Option 1 and instruct an election to be run.

Board members are further asked to note that this paper will be included in the documentation for the next Board meeting in December, when the decision will be recorded formally in the minutes.

Arthur Cormack
Chief Executive
14 November 2023

Annex 2: Personal statements from nominees

Tommy MacDonald (nominated by Fèis Tìr a' Mhurain)

Tha mi à Uibhist a Deas. Tha mi air a bhith sàs ann an obair Fèisean ann an diofar dhòighean bho thòisich Fèis Tìr a' Mhurain – teagasg, ball comataidh, agus nam cathraiche airson treis. Bha mi air Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal bliadhnaichean mòr air ais. Tha ar cànain, ceòl agus cultur cudthromach dhomh agus ni mi mo dìcheall obrachadh gu bi seo beò, fallain aig na ginealaich tha ri tighinn.

I am from South Uist. I have been involved in the work of Fèisean since Fèis Tìr a' Mhurain was established – as a tutor, committee member and as chair for a period. I served on the Board of Fèisean nan Gàidheal many years ago. Our language, music and culture are important to me and I will do my best to ensure they are alive and healthy for generations to come.

Krisell MacDonald (nominated by Fèis Eilean an Fhraoich)

My passion for the Gaelic language, new technology and the media combined have pushed me to achieve my goals and fulfil a successful career in the Gaelic media industry. I was immersed in the Gaelic language from an early age and have been playing the accordion and singing in choirs all my life. Feisean nan Gàidheal have played an important role in my personal development having attended numerous Fèisean and volunteered as an adult. I fully understand and appreciate the importance of the Fèis movement and if elected, I would endevour to make sure the next generation benefit in the same way I did.

Iain MacAskill (nominated by Fèis an Rubha)

I have held several Board positions over the years and bene involved in community companies all on a voluntary basis. I have served on the board of directors for the Scottish Building Federation for over 8 years now. Until recently I was employed as a company director for construction company, but I have taken the decision to start my own company. Having benefitted from many Fèis/community initiatives as a kid, I want to help see others get the same opportunity.

Gwen MacQuarrie (nominated by Fèis an Earraich)

Tha roghainn farsaing do sgilean agus feartan agam a bhiodh iomchaidh gus a bhith nam Bhall, nam measg, tha deagh sgilean conaltraidh air loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh. Tha min dùil gu bheil e cudromach a bhith dearbhach, dealasach agus cruthachail le iomairtean no innleachdan agus gu dearbh nad obrach agus dòigh-beatha. Tha ùidh mhòr agam ann an cànan, cultair, ealain is ceòl Gàidhlig, agus tha e air a bhith na thlachd mhòr dhomh a bhith an sàs len dà chuid thar mo bheatha phroifeasanta mar neach teagaisg agus ceannard na bun-sgoile, agus gu dearbh le diofar ghnìomhan le fèisean thar na bliadhnaichean cuideachd. Tha mi an sàs le dà fhèis gu h-ionadail agus cuideachd ag obair gu saor-thoileach airson SkyeFugees as leth The Highlands Support Refugees a bharrachd air m' obair ann am Foghlam Thidsearan aig Sabhal Mòr Ostaig far a bheil farsaingeachd de dh'eòlas agam air sgoiltean, teagasg, clann agus poileasaidh.

I have a wide range of skills and qualities which would make me suitable as a Member, including communication skills, online and face-to-face. I believe it is important to be positive, enthusiastic and creative in initiatives and strategies and indeed in work and way of life. I have a great interest in Gaelic language, culture, arts and music, and it has been a pleasure to be involved both in my professional life as a teacher and head of a primary school, as well as through various Fèis activities over the years. I am involved in two Fèisean locally and volunteer for SkyeFugees on behalf of The Highlands Support Refugees in addition to my work in Teacher Education at Sabhal Mòr Ostaig, through which I have wide knowledge of schools, teaching, children and policies.

Rachel Lincoln (nominated by Fèis Lochabair)

Tha ùidh mhòr agam mun taic a chumail ris na h-oigridh agus Gàidhlig a bhrosnchadh. Tha mi air am buaidh aig na Fèisean fhaicinn agus an uair sin gu bheil daoine òga nas toilichte Gàidhlig a chleachdadh fad am beatha. Bha mi a' teagasg aig Fèisean agus tha mi a-nis nam rùnaire aig Fèis Lochabair. Bha mi an sàs le Fèisean agus

cuairt cèilidh mi fhìn fhad 's a tha mi nas òige agus bu toigh leam taic a chumail ris na pròiseactan aig Fèisean nan Gàidheal. Gu h-àraidh bhiodh ùidh agam air cothroman cothromach a chruthachadh airson daoine òga ge be feumlachdan taic a bharrachd no bacaidhean eile aca.

I am passionate about working with young people while promoting and encouraging the use of Gaelic. I have seen the impact that Fèisean can have on creating positivity for young people to continue using the Gaelic language throughout all aspects of their lives. I have experience tutoring at Fèisean as well as now being secretary for Fèis Lochabair. Having attended Fèisean and ceilidh trails myself while younger I am keen to be involved in sustaining the successes of Fèisean nan Gàidheal. In particular I would like to use some of my experience with young people with additional support needs or other barrier to ensure equitable access to Gaelic culture and language.

Muriel MacKaveney (nominated by Fèis an Tairbeirt)

Having been a ceilidh trail organiser with Fèis Latharna for a number of years (2014/2016), I knew of the work of Fèisean nan Gàidheal, so when a small group of interested parents in the South Argyll area were keen set up a Fèis here in Tarbert in 2016 I became treasurer and have been part of the Fèis here since then, in person, online and events as well as many fundraisers. I have recent first-hand experience of the rollercoaster being part of a Fèis involves, and I am so aware of how impactful the work of Fèisean nan Gàidheal can be. I recently graduated with an MLitt in Scottish Heritage for UHI. My dissertation focused upon "The Social Impact of Traditional Music within the North Kintyre Community". Since Feb 2022 I have been using my previous project management experience working as a freelance project facilitator with CHARTS Argyll and Isles: across many heritage, arts and Gaelic projects.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2023.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne san dàrna ràith de 2023-24 gu 30 Sultain 2023.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal airson 2023-28.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Tha diog (√) fo AC1 – AC60 a' comharrachadh far a bheil clach-mhìle nar pròram a' cur ri àrd-amasan Freàm-obrach Ro-innleachdail Alba Chruthachail fo Càileachd is Amasachd (CA); Com-pàirteachadh (C); Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII); So-sheasmhach Àrainneachail (SA); Obair Chothromach (OC) agus Eadar-nàiseanta (E).

Àir.		Raon sa Phlana Pròraim	Adhartas	Clachan-mìle Ìre					
Alba Chruthachail - Clachan-mìle				CA	C	CII	SA	OC	E
AC1	Maoin luach mu £210k air aontachadh do na Fèisean ron Chèitean 2023.		Chaidh tabhartasan luach £213,104 aontachadh aig coinneamh a' Chèitein den Bhòrd-stiùiridh.	√	√	√	√	√	
AC2	Taic airson co-dhiù 3 pròiseactan rè 2023-24 ag amas air pròmhachasan sònraichte.		Chaidh £1,000 a thoirt seachad ann an R2. Faicibh AC5 gu h-ìosal.	√	√	√	√	√	√
AC3	Maoin air aontachadh do luchd-rianachd tro uairean bliadhnail ron Chèitean 2023.		Chaidh tabhartasan nan uairean bliadhnail, luach £10,998, aontachadh aig coinneamh a' Chèitein den Bhòrd-stiùiridh.	√	√	√	√	√	
AC4	Àrachas air a chur air dòigh do na Fèisean ron Ghiblean 2023.		Chaidh seo a chur air dòigh agus tha àrachas ri fhaighinn do gach ball taobh a-staigh cìsean ballrachd na buidhne.	√	√	√	√	√	

AC5	Taic-airgid a bharrachd air aontachadh nuair a bhios feum airson leasachaidhean ro-innleachdail, gu sònraichte ma bhios maoin a dhìth airson ath-shlànachadh an dèidh Covid no airson dèiligeadh ri cosgaisean a' sìor èirigh.		Chaidh Fèis an Iar Thuath ath-stèidheachadh an dèidh beagan bhliadhnaichean agus chaidh taic a thoirt dhi airson a dhèanamh cinnteach gun gabhadh a cur air cois gu soirbheachail.	√ √ √ √ √ √
AC6	Conaltradh cunbhalach le Fèisean tron bhliadhna agus aig ar Co-labhairt san t-Sultain 2023.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh a' cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean aca agus tha seiseanan air-loidhne air leantainn a' dèiligeadh ri cuspairean sònraichte. Tha a' mhòr-chuid de dh'Fèisean na bliadhna-sa air a bhith gu math soirbheachail le àireamhan chom-pàirtichean a' ruighinn nan ìrean a bh' ann ro chovid. Tha cuid de na Fèisean air a bhith a' dèiligeadh ris an àireamh a bu mhotha riamh. Tha seo glè bhrosnachail agus nì sinn cinnteach gu bheil uallaichean nan saor-thoilich air a lùghdachadh cho mòr 's a ghabhas. Chaidh ar coinneamh bhliadhnail agus co-labhairt air adhart air 29 agus 30 Sultain. Bha Jenny Gilruth BPA, Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean, againn air aoigheachd. Am measg nan cuspairean air an robh còmhraidhean bha leudachadh cleachdadh na Gàidhlig anns na Fèisean, mar a ghabhadh barrachd a dhèanamh airson dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus chaidh sùil a thoirt air riaghailtean ùra co-cheangailte ris an sgeama PVG.	√ √ √
AC7	Iasadan de ionnsramaidean an-asgaidh le dùil ri amannan trang nuair bhios na Fèisean a' ruith gu h-àbhaisteach.		Tha na Fèisean a' faotainn ionnsramaidean a rèir feum agus bidh iad air mhàl aig daoine fa leth aig amannan eile. Tha sinn an dùil barrachd ionnsramaidean a chur ris an stòras againn ach bidh seo an urra ri cosgais.	√ √ √ √
AC8	Òigridh a thoirt a-steach air *Beairteas*, obair samhraidh, buidheann-prògramaidh Bhlas agus Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal.		Tha òigridh an sàs aig ìre a' Bhùird agus bha tro obraichean samhraidh. Tha sinn an dùil barrachd òigridh a thrusadh fhad 's a bhios pròiseactan a' dol air adhart ach tha coltas ann gum bi seo a' tachairt nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	√ √ √
AC9	A' dealbhachadh ghoireasan ùra airson seirbheis *Oide* ron Ghearran 2024 ma bhios maoin gu leòr againn.		Aig an ìre seo tha dùil againn 3 sreathan ùra a chur a-mach gu tairgse.	√ √ √ √ √ √
AC10	Clàraidhean ùra de dh'òrain traidiseanta ri fhaighinn tron phròiseact Fuaran ron Fhaoilleach 2024.		Chaidh clàraidhean fuaime a dhèanamh den buidheann ùr de sheinneadairean ro dheireadh na Sultaine agus bidh bhideothan gan clàradh ro dheireadh na Samhna.	√ √ √ √
AC11	Sgeama PVG a chumail a' dol airson dìon a thoirt air clann is inbhich.		Tha seo a' dol air adhart le sgrùdaidhean gan dèanadh às leth Fèisean ionadail. Bha 65 deuchainnean air iarraidh gu deireadh R2.	√ √ √ √
AC12	Bidh trèanadh ann do dh'oidean, nuair a bhios feum, airson a dhèanamh cinnteach gu bheil iad gan dìon fhèin agus càch bho Chovid fhad 's a tha e fhathast ann.		Tha Covid fhathast na chunnart agus bidh beachdachadh air ann an trèanadh sam bith do dh'oidean agus a' cur ar pròg ram an sàs.	√ √ √ √

AC13	Trèanadh do cho-dhiù 20 oide ann an sgilean teagaisg rè 2023-24.		Ghabh 19 oidean com-pàirt ann an tachartas ann an Inbhir Nis sa Chèitean. Bidh tuilleadh chothroman ann tron bhliadhna.	√ √ √ √
AC14	Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig do cho-dhiù 20 oide rè 2023-24.		Chaidh seisean a chumail ann an R1 le 11 com-pàirtichean agus tha dùil ri tuilleadh sheiseanan ann an R4.	√ √ √ √ √
AC15	Co-dhiù 10 seiseanan trèanaidh do luchd-eagrachaidh nam Fèisean, a rèir feum, agus aig ar co-labhairt bhliadhnail san t-Sultain 2023.		Chaidh 15 seiseanan a thabhann gu deireadh R2 le 80 com-pàirtiche.	√ √ √ √ √
AC16	Co-dhìu 4 làithean-trèanaidh gu bhith ann do luchd-obrach ann an 2023-24 le feumalachdan fa leth air an comharrachadh tro mheasaidhean agus trèanadh freagarrach ga chur air dòigh.		Ghabh 10 luchd-obrach pàirt ann an latha trèanaidh Gàidhlig san Ògmhios.	√ √ √ √
AC17	Co-obrachadh le Colaiste Taobh Siar na Gàidhealtachd OGE airson cothrom a thoirt do 12 òganach teisteanas fhaighinn airson an cuid sgilean taisbeanaidh agus obair fuaime.		Chaidh an obair seo a thoirt air adhart aig Fèis Alba sa Phloc anns an luchar agus ghabh ochdnar an cothrom air teisteanas fhaotainn bho OGE.	√ √ √
AC18	Sgilean cruinneachaidh agus tàr-sgrìobhaidh òrain agus gan glèidheadh an cruth didseatach a thoirt do 6 a bhios an sàs ann am Fuaran.		Faicibh AC10. Tha an obair seo air a bhith a' dol air adhart le dùil gum bi na bhideothan aig na seinneadairean ri fhaicinn ro dheireadh na bliadhna.	√ √ √
AC19	Sgilean taisbeanaidh agus fiosrachadh mu ghnìomhachais a' chiùil ann airson timeachall air 12 an sàs ann am Fèis Alba.		Bha seiseanan air sgilean taisbeanaidh agus fiosrachadh mu ghnìomhachais a' chiùil aig luchd com-pàirt Fèis Alba sa Phloc anns an luchar.	√ √ √ √
AC20	Cothroman a chruthachadh do luchd-ealain sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tro choimisean ùr aig Blas agus ann an suidheachaidhean eile a rèr na bhios ann de mhaoin.		Chaidh coimisean Blas 2023 a shanasachd agus fhuair sinn an àireamh a bu mhotha riamh de thagraichean. B' e Eòghan MacEunraig a shoirbhich agus chaidh an ceòl ùr aige, fon ainm *Lèirsinn,* a thaisbeanadh aig trì cuirmean aig Blas ann an R2 agus bidh e ri chluinntinn a-rithist aig Celtic Connections san Fhaoilleach 2024.	√ √ √ √ √ √
AC21	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail, a leithid fèilltean obrach ann an sgoiltean is eile.		Thàinig cuiridhean bho sgoil no dhà agus tha sinn air dearbhadh gum bitheamaid deònach pàirt a ghabhail ann an seiseanan a' togail aire do dhreuchdan ann an Gàidhlig agus anns na h-ealain. Tha dùil gun tachair seo nas fhaide air adhart sa bhliadhna sgoile. Faicibh CEB9 gu h-ìosal airson iomradh air iomairt ann an cuid de sgoiltean Earra-Ghàidheil co-cheangailte ri obraichean is gnìomhachasan far an gabhadh a' Ghàidhlig a chleachdadh. Tha tòrr chothroman aig òigridh, tron phròg ram againn, eòlas a chur air obair anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail tro chothroman-teagaisg aig Fèisean agus ann an obair Fèisgoil agus tha seo air a bhith fìor ann an R2.	√ √ √ √ √
AC22	Obair margaideachd tron bhliadhna air seirbheisean Fèisgoil na buidhne aig a leithid An t-Alltan, tachartas airson leasachadh proifeiseanta leantainneach ann am foghlam Gàidhlig.		Tha obair Fèigoil air a sanasachd ann an iomadh dòigh. Chaidh iomradh a thoirt air an t-seirbheis ann an taisbeanaidhean do Chomhairle nan Eilean Siar agus Bòrd na	√ √ √ √ √

			Gàidhlig. Bha toraidhean na h-obrach follaiseach aig co-labhairt foghlam Shabhal Mòr Ostaig san Ògmhios cuideachd.	
AC23	A' lìbhrigeadh 10 seiseanan ann an ceòl traidiseanta ann an 178 sgoiltean air a' Ghàidhealtachd tron Iomairt Chiùil Òigridh a rèir cùmhnant le High Life na Gàidhealtachd.		Tha leasanan ICO air a' Ghàidhealtachd a leantainn anns a' bhliadhna-sgoile 2023-24. Tha aig gach sgoilear ri earrann de dh'òran Dhonnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir ionnsachadh, a' comharrachadh 300 bliadhna bho rugadh am bàrd. Tha sinn cuideachd air leasanan ICO a lìbhrigeadh ann an Uibhist is Barraigh às leth Chomhairle nan Eilean Siar agus ghabh 418 pàirt ann an 142 leasanan seinn ann an 6 sgoiltean rè R1 le tuilleadh leasanan ri thighinn thairis air a' bhliadhna sgoile.	√ √ √ √ √
AC24	Obair a ghabhail os làimh ann an sgoiltean ag ullachadh òigridh airson com-pàirt ann am farpaisean seinn is ciùil aig Mòd Phàislig 2023 a' co-obrachadh leis a' Chomunn Ghàidhealaich agus Comhairle Rinn-Friù.		Thòisich an obair seo ann an R1, le taic-airgid bho Chomhairle Rinn-Friù. Lean an obair ann an Q2 air thoiseach air a' Mhòd Nàiseanta. Gu h-iomlan, ghabh 979 sgoilearan pàirt ann an 300 seiseanan ann an 16 sgoiltean le 5 oidean an sàs.	√ √ √ √ √
AC25	*Càfe Bheairteis* gu bhith air a stèidheachadh a-rithist le buidheann ùr de dh'òigridh agus tuilleadh sheiseanan ann an sgoiltean, ma dh'fhaodte ann an co-bhonn ri e-Sgoil.		Cha deach *Café Bheairteis* a thoirt air adhart fhathast ach tha sinn an sàs ann am pròiseact le buidheann ann am Bràgar, a bhios a' cleachdadh aithris sgeulachdan mar inneal airson sgilean cainnt a neartachadh am measg sgoilearan bun-sgoile. Tha triùir oidean an sàs ann an trì sgoiltean ann an Taobh Siar Leòdhais.	√ √ √ √ √
AC26	An tachartas còmhnaidheach 5 latha a chumail sa Ghiblean le timcheall air 15 com-pàirtichean an sàs.		Bha 15 an làthair aig an tachartas soirbheachail 5 Latha ann an Leòdhas aig àm na Càisge.	√ √ √ √ √
AC27	Sgoil-shamhraidh Dràma a chumail fad seachdain san Iuchar le timcheall air 15 com-pàirtichean an sàs.		Chaidh an Sgoil-shamhraidh dràma air adhart ann am Port Rìgh tràth san Iuchar le 10 an sàs.	√ √ √ √ √
AC28	Bidh Fèis Spòrs ann le cothrom air barrachd thachartasan den leithid, a' gabhail a-steach spòrs agus ealain, eadar Spòrs Gàidhlig agus Fèis Lochabair.		Chaidh tachartas a chumail eadar Fèis Lochabair agus Spòrs Gàidhlig aig àm na Càisg 2023.	√ √ √ √ √
AC29	Co-dhiù aon chùmhnant ùr aontachadh airson Fèisgoil agus, ma bhios maoin ann, leantainn air obair cuide ri co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail agus Eòlas air a' Ghàidhlig nuair a thèid iarradh oirnn.		Shoirbhich leinn cùmhnant a bhuannachadh obair Ghàidhlig a lìbhrigeadh ann an Tiriodh, Colla agus Eilean Bhòid. Tha an obair seo air a bhith a' dol air adhart le dùil a crìochnachadh ro dheireadh na bliadhna. Tha dùil gun lean obair na Gàidhlig ann an sgoiltean tro co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail anns a' bhliadhna-sgoile 2023-24, ged a tha dàil air a bhith ann dearbhadh fhaighinn mun ìre de mhaoin a bhios ann. Tha lùghdachadh ann agus tha sin air dàil a chur air an obair seo a thòiseachadh. Chaidh seisean Eòlas air a' Ghàidhlig a thabhann ann am Bun-sgoil Thornliebank, far am bi roinn ùr a' tabhann foghlam tron	√ √ √ √ √

			Ghàidhlig, agus chum sinn seisean sònraichte airson Fonndas Uilleim Ghrannd ann an Dùn Dè san t-Sultain.	
AC30	Co-dhiù 90 bùithtean-obrach no taisbeanaidhean dràma a lìbhrigeadh ann an sgoiltean rè 2023-24.		Gu ruige seo tha 21 bùth-obrach air a bhith ann ach tha dùil gun gabhadh seo a lìbhrigeadh gu h-iomlan tron bhliadhna.	√ √ √ √ √
AC31	Co-dhiù aon mheanbh-fhèis a chur air dòigh ann an àrd-sgoil rè 2023-24.		Cha deach seo adhartachadh gu deireadh R2.	√ √ √ √ √
AC32	Cothroman a chruthachadh airson sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tron Sgoil-shamhraidh Dràma.		Chaidh seiseanan sgrìobhaidh a thabhann aig an Sgoil-shamhraidh Dràma san Iuchar agus cothroman air sgriobtaichean a dheasachadh airson filmichean goirid.	√ √ √ √ √
AC33	Taic bhon sgioba de dh'Oifigearan Leasachaidh agus càch le cleachdadh na Gàidhlig.		Bidh ar sgioba a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean agus cruthachadh stuthan dà-chànanach airson margaideachd. Tha cunnraidhean nar litrichean-tairgse a' dèanamh cinnteach à cleachdadh na Gàidhlig, mar a tha air iarraidh nar Poileasaidh Gàidhlig. Chaidh seisean a chumail aig ar co-labhairt san t-Sultain mun taic a tha ri fhaotainn ar poileasaidh a chur an gnìomh agus chaidh an taisbeanadh a dhèanamh follaiseach do dhaoine nach b' urrainn a bhith an làthair.	√ √ √ √ √
AC34	Taic a chumail ri timcheall air 30 cuirmean/cèilidhean aig Fèisean ionadail		Bha taic ann do 22 taisbeanadh gu deireadh R2.	√ √ √ √ √
AC35	Taic do 4 Cèilidhean air Chuairt le timcheall air 80 tachartas eatorra san luchar agus san Lùnastal.		Chaidh taic-airgid agus trèanadh a chumail ri 4 Cèilidhean air Chuairt a chluich aig 72 tachartasan sna sgìrean aca fhèin, cho math ri cothrom fhaighinn pàirt a ghabhail ann am fosgladh oifigeil Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èidinn. Chluich Còmhlan Cèilidh a' Chàirn Ghuirm aig Fèis Spè ann an 6 àitichean a bharrachd tron chuairt shamhraidh acasan. Chum Fèisean nan Gàidheal taic ri Fèis Rois àitichean a thoirt do dhaoine òga le feumalachdan a bharrachd anns na Cèilidhean air Chuairt acasan.	√ √ √ √ √ √
AC36	Timcheall air 34 tachartasan a chur air adhart aig Blas 2023, a rèir na bhios ann de thaic bho ùghdarrasan ionadail.		Chaidh Blas a chumail eadar 1 agus 9 Sultain le 55 tachartasan eadar cuirmean, taisbeanaidhean sgoile agus sruthaidhean air-loidhne. B' iad Comhairle na Gàidhealtachd prìomh luchd-maoineachaidh na fèise le taic a bharrachd bho Chomhairle nan Eilean Siar a leig leinn trì tachartasan a chur air dòigh ann an Leòdhas. Tha ais-mholaidhean agus àireamhan gan cruinneachadh an-dràsta agus bidh e comasach dhuinn aithisg shlàn mun fhèis fhoillseachadh nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	√ √ √ √ √ √

AC37	Bidh pròiseact maoinichte le Colmcille, le buidheann ann an Èirinn, a' dol air adhart ron Mhàrt 2024 agus bidh obair eile eadar-nàiseanta ann nuair bhios cothroman a' nochdadh.		Chùm sinn seisean sònraichte seinn eadar Sgoil an Ìochdair agus Taigh-sgoile na Drochaide ann am Mabù airson Mìos nan Gàidheal ann an Alba Nuadh a chomharrachadh. B' i Peigi Nic a' Phiocair a stiùir cùisean agus chòrd e ris an òigridh air gach taobh den Chuan Siar. San ògmhios, dh'obraich sinn còmhla ri Black Isle and Highland Refugee Support Network airson tachartas sònraichte a chur air dòigh ann an Talla Phol Lochaidh airson fàilte a chur air teaghlaichean Ucràineach, far an robh òigridh bho na Fèisean a' cluich. Shoirbhich leinn le tagradh do Cholmcille airson pròiseact ùr a leasachadh ann an co-bhonn ri Ealaín na Gaeltachta fon ainm *Turas*. Bidh cothrom ann luchd-ciùil le Gàidhlig is Gaelige a thoirt cruinn còmhla ann an Conamara san t-Samhain. Ghabh sinn pàirt anns a' chiad Latha Dhualchais na h-Eòrpa le sreath bhideothan gan sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta air 23mh Sultain.	√ √ √ √ √ √
AC38	Bidh cuirm *Ceòl nam Fèis*, le òigridh bho na Fèisean air feadh Alba, a' dol air adhart aig Blas.		Bha seo na cuirm crìochnachaidh aig Blas 2023, air a cumail anns a' Ghearasadan air 9 Sultain a' comharrachadh 30 bliadhna de dh'Fhèis Lochabair aig an aon àm. Ghabh còrr is 50 òganach pàirt sa chuirm.	√ √ √ √ √
AC39	A' leantainn sanasachd fhosgailte, bidh coimisean ga thoirt seachad le trì taisbeanaidhean aig Blas.		Chaidh coimisean Blas 2023 a shanasachd agus b' e Eòghan MacEunraig a shoirbhich. Bha trì taisbeanaidhean den cheòl ùr aige aig Blas.	√ √ √ √ √ √
AC40	Bidh obair leantainneach a' dol air adhart a' cruinneachadh agus a' glèidheadh fiosrachaidh mu luchd-amharc a leigeadh leinn barrachd thachartasan a shanasachd dhaibh.		Tha an obair seo a' leantainn agus bidh ar margaideachd ag amas air daoine leis an robh ceangal againn roimhe, ach tha daonnan obair a bharrachd a dhìth san raon seo.	√ √ √ √ √ √
AC41	Bidh fiosrachadh ga chur don làrach-lìn againn gu cunbhalach airson a dhèanamh cinnteach gun nochd e air app na buidhne.		'S i obair leantainneach a tha seo agus chaidh mìosachan ùr a chur ris ar làrach-lìn a bha ùraichte gu cunbhalach rè R2.	√ √
AC42	Bidh cuid de thachartasan bho Bhlas agus eile air an sruthadh beò agus, ma cheadaicheas maoin dhuinn, bidh tuilleadh leasanan air an cruthachadh don ghoireas *Oide*.		Chaidh ceithir tachartasan a shruthadh beò bho Bhlas agus bha feadhainn eile air an ath-chraoladh. Nì sinn measadh air cothroman eile tron bhliadhna le dùil tuilleadh leasanan airson *Oide* a choimiseanadh.	√ √ √ √ √ √
AC43	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail le trì cuairtean den sgeama Tasgadh ann an 2023-24.		Chaidh tabhartasan aontachadh tron chiad chuairt de Thasgadh anns a' Chèitean 2023 le tagraichean soirbheachail air am foillseachadh air ar làrach-lìn. Chaidh aontachadh bhideo a dhèanamh a' sealltainn mar bu chòir do thagraichean a bhith a' lìonadh fhoirmichean-iarrtais agus tachartas stiùiridh air-loidhne a chur air dòigh. Thèid seo a dhèanamh tràth san Dàmhair.	√ √ √ √ √ √

AC44	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail le dà chuairt den sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig ann an 2023-24, le taic a bharrachd bho Bhòrd na Gàidhlig.		Chaidh tabhartasan aontachadh tron chiad chuairt de Mhaoin nan Ealan Gàidhlig anns a' Chèitean 2023 le tagraichean soirbheachail air am foillseachadh air ar làrach-lìn.	√ √ √ √ √ √
AC45	Bidh 4 coinneamhan den Bhòrd ann – sa Chèitean, san t-Sultain, san Dùbhlachd 2023 agus sa Mhàrt 2024, le cuireadh do riochdairean bho bhuidhnean-maoineachaidh agus pàipearan uile air am foillseachadh air loidhne.		Bha a' chiad choinneamh den Bhòrd ann air 26mh Cèitean leis na pàipearan air am foillseachadh seachdain ro làimh. Chaidh cuireadh a thoirt do bhuidhnean-maoineachaidh agus bha riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig an làthair airson a' chiad uair. Chaidh an dàrna coinneamh againn a chumail air 29mh Sultain air thoiseach air ar Coinneamh Bhliadhnail.	√ √ √ √
AC46	Cuireadh a thoirt do riochdairean Fèisean, le ùidh a bhith nam buill den Bhòrd-stiùiridh, pàirt a ghabhail ann an coinneamhan sa Chèitean agus san t-Sultain airson blasad a thoirt dhaibh mu dhleastanasan air thoiseach air taghadh don Bhòrd nas fhaide air adhart ann an 2023.		Bha cuireadh ann airson coinneamh a' Chèitein ach cha tàinig duine air adhart. Chaidh aontachadh gum bu chòirear a dhol an sàs ann an dòighean eadar-dhealaichte buill ùra a thàladh. Chaidh a dhearbhadh aig coinneamh bhliadhnail na buidhne gum biodh taghadh ann airson buill ùra a thàladh.	√ √ √ √
AC47	Beachdan a shireadh bhon bhallrachd mu Phlana Prògraim Fèisean nan Gàidheal airson 2023-28.		Bha beachdan gan sireadh an dèidh don Bhòrd aonta a chur ris an dreach phlana.	√ √ √ √ √ √
AC48	Phlana Prògraim Fèisean nan Gàidheal 2023-28 fhoillseachadh aon uair 's gu bheil e crìochnaichte.		Bidh ar Plana Prògraim ga fhoillseachadh an dèidh aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh ris an dreach deireannach.	√ √ √ √
AC49	Aithisg air adhartas a chur don luchd-maoineachaidh air fad gach ràith.		Bidh aithisgean gan sgaoileadh gach ràith don luchd-maoineachaidh le aithisgean a bharrachd mar a bhios a dhìth.	√ √ √ √
AC50	Aithisg a thoirt don Bhòrd aig gach coinneamh air mar a tha aontaidhean maoineachaidh gan cur an gnìomh.		Bidh pàipear ann mu aontaidhean maoineachaidh aig gach coinneamh den Bhòrd-stiùiridh a' mìneachadh na h-ìre aig a bheil cùisean leotha.	√ √ √ √ √
AC51	Sùil a chumail air cunnartan gu cunbhalach agus aithisg bhliadhnail air adhartas a thoirt don Bhòrd sa Chèitean 2023.		Bidh an sgioba obrach air fad a' measadh agus a' làimhseachadh chunnartan gu cunbhalach nan obraichean làitheil. Fhuair am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail air mar a tha na prìomh chunnartan air an làimhseachadh aig a' choinnemh aca sa Chèitean. Bidh againn ri cunnartan co-cheangailte ri ar Plana Prògraim a mheasadh mas e is gum faigh sinn cothrom a' cur a-staigh airson maoin bho Alba Chruthachail.	√ √ √ √ √
AC52	Plana ùr Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII) a dhealbhadh agus aithisg bhliadhnail air adhartas a thoirt don Bhòrd sa Chèitean 2024 aon auir 's gun deach àireamhan a chruinneachadh.		Chaidh Plana CII airson 2023-24 aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh aig a' choinnemh aca sa Chèitean nuair a ghabh iad, cuideachd, ri aithisg air soirbheachas Plana CII 2022-23 a chur an gnìomh.	√ √ √ √
AC53	A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach àradachaidhean pàighaidh cothromach a rèir na bhios air aontachadh do na h-ùghdarrasan ionadail agus gun tèid prionnsabalan Obair Chothromach an Toiseach a leantainn.		Tha Fèisean nan Gàidheal ag amas air tuarastail luchd-obrach a stèidheachadh air aontaidhean luchd-obrach nan ùghdarrasan ionadail. Bidh sinn a' cumail ri sin co-dhiù ann an 2023-24 a rèir na bhios air aontachadh.	√ √ √

				Tha aithris air ar làrach-lìn air mar a tha sinn a' làimhseachadh Obair Chothromach an Toiseach agus tha sinn air an t-slighe cheart ged a tha beagan obrach a bharrachd a dhìth a thaobh guth èifeachdach a thoirt don luchd-obrach. Chaidh ceisteachan a sgaoileadh air luchd-obrach san t-Sultain agus bheir na toraidhean dhuinn bunait airson tuilleadh chòmhraidhean.							
AC54	A' dèanamh cinnteach gum faigh cunnradairean is luchd-obrach neo-cheangailte pàigheadh cothromach a rèir ìrean gan stèidheachadh gu nàiseanta le aonaidhean buntainneach.			Bidh gach cunnradair air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' faotainn pàigheadh a rèir ìrean nan aonaidhean buntainneach. Tha cunnradh co-cheangailte ri tabhartasan gum bu chòir do na Fèisean a bhith ag obair a dh'ionnsaidh nan ìrean sin a phàigheadh cuideachd. Tha cunnradh co-cheangailte ri tabhartasan Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig gu bheil e deatamach luchd-ealain a phàigheadh aig ìrean stèidhichte leis na h-aonaidhan.	√	√			√			
AC55	A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach cothroman trèanaidh an deìdh dhaibh feumalachdan a chomharrachadh tro mheasaidhean.			Bidh trèanadh ga thabhann air luchd-obrach agus bidh ùine ga toirt do dhaoine an sàs ann an cùrsaichean air an taobh-muigh an obair sin a ghabhail os làimh.	√	√	√	√	√			
AC56	A' dèanamh cinnteach gum faigh OSCR agus Taigh nan Companaidhean fiosrachadh bliadhnail ann an àm.			Bidh seo a' tachairt gu cunbhalach gun duilgheadas sam bith san àm a dh'fhalbh.	√	√						
AC57	Aithisg Bhliadhnail fhoillseachadh san t-Sultain 2023 le iomradh air prìomh thachartasan, àireamhan com-pàirteachaidh agus fiosrachadh ionmhasail.			Chaidh Aithisg Bhliadhnail 2023 na buidhne fhoillseachadh air thoiseach air ar coinneamh bhliadhnail agus tha i ri fhaighinn, anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla, air ar làrach-lìn.	√	√	√	√	√	√		
AC58	Fiosrachadh àireamhail a thoirt seachd sa cheisteachan bliadhnail aig Alba Chruthachail.			Bha seo air a thoirt seachad san luchar nuair a chaidh am fiosrachadh iarraidh.	√	√	√	√	√	√		
AC59	Obair leantainneach a ghabhail os làimh le Creative Carbon Scotland airson na tha sinn a' cosg de ghualain a lùghdachadh tron phròg ram air fad.			Tha sinn air aontachadh ri tuilleadh ghnìomhan le Creative Carbon Scotland air mar a ghabhadh na tha sinn a' cur gu feum de ghualain a lùghdachadh, a' leantainn slighe far a bheil sinn air tCO2 a thoirt a-nuas bliadhna an dèidh bliadhna. Chaidh còmhraidhean mun chùis seo a chumail le riochdairean nam Fèisean aig ar co-labhairt cuideachd.	√	√	√	√	√			

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/glèidheadh ILT	35.7	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach don Ghàidhealtachd	£747,651	Meudachadh san toradh ionmhasail	£39,524	Luchd Saor-thoileach an sàs	308
Tabhartasan do dh'Fèisean	£125,334	Tabhartasan Eile	£49,780	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	2,457	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig tachartasan eile	6,104
Luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	1,980	Luchd-èisteachd aig tachartasan eile (air loidhne)	6,200 (20,893)	Com-pàirtichean ann an trèanadh	109	Obair Eadar-nàiseanta	4

Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1.1	A’ cumail taic ri co-dhiù 46 Fèisean air feadh na h-Alba tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus trèanadh sgilean Gàidhlig.		Tha an obair seo na prìomhachas do dh’Fhèisean nan Gàidheal ‘s tha i a’ leantainn mar bu chòir. Tha cosgaisean àrda a’ bualadh air Fèisean, gu h-àiridh a thaobh màl nan sgoiltean ‘s tha seo na dhùbhlan dhaibh ‘s tha aca ri tòrr mòr a chosg air àitichean, no toglaichean, ùra a lorg. Ann an cuid de shuidheachaidhean chan eil sin comasach. Tha an sgioba leasachaidh ag obair gu dlùth le na Fèisean airson iomadh seòrsa taic a thoirt dhaibh a bhith a’ cur thachartasan air dòigh agus leasachaidhean ùra a thoirt gu buil. Faicibh AC1-7, AC9-15, AC33-34, AC38, AC41, AC45-48, AC51-52, AC54, AC58 agus AC59 gu h-àrd a tha a’ mìneachadh taic do na Fèisean.	
BnG1.2	A’ lìbhrigeadh co-dhiù 150 seisean Blasad Gàidhlig airson sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, leis an àireamh air àrdachadh, ma cheadaicheas maoineachadh bho thùsan àbhaisteach eile, le amas suas ri 750 seisean a lìbhrigeadh.		Eadar a’ Ghiblean agus deireadh an Ògmhios bha sinn a lìbhrigeadh sheiseanan Blasad Gàidhlig ann an sgìre Siorrachd Àir a Deas agus ann an sgìre na h-Eaglaise Brice. Chaidh còrr is 400 seisean a thabhann le 5 oidean ann an 7 sgoiltean do chòrr is 870 sgoilearean. Faicibh AC29 gu h-àrd airson tuilleadh fiosrachaidh mu bhliadhna-sgoile 2023-24.	
BnG1.3	A’ cur air dòigh co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh’oidean is luchd-obrach.		Chruinnich an sgioba san Ògmhios airson trèanadh gràmair a dhèanamh ‘s thèid seiseanan eile a chumail nas fhaide air adhart air a’ bhliadhna. Bidh sinn a’ cur sreath de leasanan Gàidhlig air dòigh do dh’oidean sa bhliadhn’ ùire. Tha sinn a’ cumail taic ri oide a tha a’ dèanamh cùrsa tro Shabhal Mòr Ostaig cuideachd. Faicibh AC14 agus AC16 gu h-àrd.	
BnG1.4	Ag amas air 15 com-pàirtichean airson 5 Latha no ann an tachartasan-còmhnaidh eile.		Faicibh AC26 gu h-àrd.	
BnG1.5	A’ lìbhrigeadh co-dhiù 20 seisean tro mheadhan na Gàidhlig le buidhnean tràth-bliadhnaichean		Tha dùil gun gabhadh seo adhartachadh ann an R3 ged a tha obair ullachaidh a’ dol air adhart air dealbh-chluich/sgeulachd ùr a chur ri chèile.	
BnG1.6	A' glèidheadh Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar aig ìre 0.6 FTE gus co-obrachadh eadar Fèisean is buidhnean ealain san sgìre a bhrosnachadh agus a’ fastadh dhaoine eile air cùmhnantan goirid airson taic a bharrachd a chumail ri Fèisean nan Eilean Siar.		Chaidh neach ùr, làn ùine fhastadh don dreuchd seo an dèidh don neach a bh’ againne roimhe an dreuchd fhàgail.	
BnG2.1	A' lìbhrigeadh 20 seisean ann an sgoiltean fo sgèith Fèis Blas 2023 is co-dhiù 300 sgoilearan an làthair uile-gu-lèir		Chaidh còrr is 50 seisean a lìbhrigeadh do chòrr is 800 sgoilear eadar taisbeanaidhean dràma (Sporan) is ciùil (An Gineal Òg) agus bùithtean-obrach ciùil.	
BnG2.2	A’ cumail co-dhiù 25 tachartasan fo sheòl Fèis Blas 2023.		Faicibh AC36 gu h-àrd.	

			Ged a tha sinn fhathast a' dèanamh sgrùdadh air Blas tro cheisteachain do luchd-frithealaidh, tha na toraidhean a leanas gu math taiceil don fhèis (a-mach à 10): Tlachd às na tachartasan: aireamh chuibheasach 9.9 Luach an airgid: aireamh chuibheasach 9.8 Cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis: aireamh chuibheasach 9	
BnG2.3	A' stèidheachadh coimisean ùr airson luchd-ciùil a thèid a thaisbeanadh aig 3 cuirmean aig Fèis Blas 2023		Faicibh AC20 agus AC39 gu h-àrd.	
BnG3.1	A' cumail co-dhiù 80 seisean dràma Gàidhlig ann an sgoiltean.		Faicibh AC30 gu h-àrd. Tha dùil gun tèid seo a choileanadh gu tur.	
BnG3.2	A' cur Sgoil Samhraidh Dràma air dòigh le amas 15 com-pàirtichean a thrusadh.		Faicibh AC27 gu h-àrd.	
BnG3.3	A' cur air dòigh dealbh-chluich na Nollaige le cuairt timcheall air 16 sgoiltean anns a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, is aon taisbeanadh sruthadh beò air-loidhne.		Ri chur air dòigh ann an R3.	
BnG3.4	A' cur dealbh-chluich ùr air dòigh airson sgoiltean a' tabhann foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh, le cuairt timcheall 20 sgoil (no air a thabhann do 20 sgoil air loidhne).		Chaidh dealbh-chluich ùr, a' comharrachadh 300 bliadhna bho rugadh Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir, mun chuairt sgoitean san t-Sultain far a bheil a' Ghàidhlig ga teagasg mar chànan a bharrachd. Uile gu lèir chaidh 21 taisbeanadh is bùth-obrach a thabhann do 479 sgoilearan.	
BnG4.1	A' sruthadh co-dhiù 12 cuirm air loidhne tro Fèis TV (is co-dhiù 3 taobh a-muigh Fèis Blas 2023)		Faicibh AC42 gu h-àrd.	
BnG4.2	A' dealbhachadh 3 sreathan ùra de bhideothan airson na seirbheis *Oide* is a' toirt fàs 5% air àireamhan luchd-cleachdaidh thairis air àireamhan 2022-23.		Faicibh AC42 gu h-àrd.	
BnG5.1	Gun cuir a' bhuidheann am Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh, le Gàidhlig mar phrìomh chànan làitheil anns an àite-obrach agus gun tèid a' Ghàidhlig a cleachdadh airson na buidhne a riaghladh.		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo. Bidh Fèisean nan Gàidheal ag obair tro mheadhan na Gàidhlig mar a tha follaiseach anns an pàipearan a bhios gan ullachadh airson coinneamhan a' Bhùird, mar eisimpleir, conaltradh taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne agus nar sanasachd anns na meadhanan sòisealta agus stuth foillsichte.	
BnG5.2	Gum feumar fios às ùr a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig cho luath 's a bhios atharrachadh ann am ballrachd bòrd-stiùiridh no luchd-obrach na buidhne.		Chan eil atharraichean air a bhith ann aig ìre a' Bhùird-stiùiridh ann an R2 agus tha am fiosrachadh as ùire ri fhaighinn tron cheangal seo feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/. Bidh sinn a' cur taghadh air dòigh san Dàmhair airson buill ùra a shireadh leis gu bheil còignear air an ùine a tha ceadaicjte dhaibh air a' Bhòrd a ruighinn. Cumaidh sinn fiosrachadh ri Bòrd na Gàidhlig mu bhallrachd ùr a ' Bhùird. Mar a chaidh a mhìneachadh ann am BnG1.6 gu h-ard tha oifigear ùr againn stèidhichte anns na h-Eileanan Siar agus	

			thug sinn am fiosrachadh seo do dh'oifigearan a' Bhùird aig àm fastaidh.	
BnG5.3	Gun tèid cuireadh a thoirt seachad do riochdaire Bhòrd na Gàidhlig a bhith frithealadh choinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne mar luchd-amhairc, is gun tèid geàrr-chunntasan coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne a chur gu Bòrd na Gàidhlig aon uair 's gu bheil iad deiseil.		Bidh pàipearan a' bhùird, le geàrr-chunntasan nan coinneamhan nam measg, a' dol gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach. Bha sinn toilichte fàilte a chur air riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig do choinneamh a' Chèitein den Bhòrd agus don Choinneamh Bhliadhnail againn san t-Sultain.	
BnG5.4	Gum feumar leth-bhreac de dh'aithisg bhliadhnail agus cunntasan na buidhne a chur gu Bòrd na Gàidhlig aon uair 's gu bheil iad air am foillseachadh.		Bha ar n-aithisg bhliadhnail agus cunntasan air am foillseachadh san t-Sultain agus an cur air adhart gu Bòrd na Gàidhlig aig an àm sin.	
BnG5.5	Gu bheil a' bhuidheann a' leantainn an stiùiridh Obair Chothromach an Toiseach bho Riaghaltas na h-Alba.		Tha Fèisean nan Gàidheal air aithneachadh mar *Living Wage Employer* agus bidh pàigheadh a rèir phoileasaidhean nan ùghdarrasan ionadai do luchdobrach agus a rèir ìrean nan aonaidhean iomchaidh do luchd-ealain. Tha aithris air ar làrach-lìn, fo Phoileasaidhean, mu na dhòighean sa bheil sinn a' cur prionnsabalan Obair Chothromach an Toiseach an gnìomh. Faicibh AS53 gu h-àrd.	
BnG5.6	Gu bheil a' bhuidheann a' cur poileasaidh àrainneachd an gnìomh gus a' bhuaidh air an àrainneachd a lughdachadh.		Faicibh AC59 gu h-àrd.	
BnG6.1	Gu bheil a' bhuidheann ag aithneachadh taic-airgid a' Bhùird anns gach pròiseact air an cur an gnìomh le taic an Tabhartais ann an co-rèir ris an Stiùireadh Aithneachaidh (mar a thèid ùrachadh bho àm gu àm), le fianais air a thoirt seachad anns gach aithisg adhartais air mar a tha seo ga chur an gnìomh.		Chaidh fianais fa leth air adhart do Bhòrd na Gàidhlig ach tha e follaiseach anns gach sanas agus sna meadhanan sòisealta gu bheil aithne ga toirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.2	Gu bheil co-dhiù 6 brathan-naidheachd air am foillseachadh leis a' bhuidhinn gach bliadhna a bhios a' soilleireachadh obair na buidhne agus ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig.		Chaidh co-dhiù 11 sanasan naidheachd a sgaoileadh gu deaireadh R2 far an deach aithne a thoirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.3	Gu bheil fios ro-làimh air brathan-naidheachd air a thoirt dha sgioba conaltraidh a' Bhùird le cothrom airson beachdan a thoirt seachad mus tèid fhoillseachadh.		Chaidh aithris iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig airson 8 sanasan gu deaireadh R2 leis gun robh an obair ris an robh iad a' buntainn air a maoineachadh gu dìreach leis a' Bhòrd.	
BnG6.4	Gu bheil làrach-lìn is cunntasan meadhanan sòisealta na buidhne air an ùrachadh gu cunbhalach leis na naidheachdan às ùire mu obair na buidhne, le aithneachadh iomchaidh air taic maoineachaidh a' Bhùird.		'S i obair làitheil a tha seo agus tha taic Bhòrd na Gàidhlig ga h-aithneachadh aig a h-uile cothrom a tha iomchaidh.	
BnG6.5	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh agus oifigearan lomairt aig Comunn na Gàidhlig.		Tha conaltradh agus co-obrachadh ann eadar oifigearan fa leth aig Fèisean nan Gàidheal agus CnaG agus tha sinn an dòchas gun gabhadh seo a neartchadh tro Lìonradh nan Oifigearan Gàidhlig.	
BnG6.6	Gun gabh a' Bhuidheann-fhaotainn pàirt ann agus gun toir iad fiosrachadh iomchaidh uile seachad gu rannsachadh sam		Gabhaidh Fèisean nan Gàidheal com-pàirt ann an rannsachadh sam bith den t-seòrsa seo agus tha conaltradh	

	bith air a stiùireadh leis, no às leth, a' Bhùird air obair nam buidhnean Com-pàirtichean Lìbhrigidh.		air a bhith ann le Tom Mathew agus Dùbhghlas Chalmers mu chuspairean eadar-dhealaichte.	
BnG7	Gun tèid fianais a thrusadh air mar a tha a' bhuidheann agaibh a chur ri na prìomhachasan bho Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig a leanas 2023-2028, agus iomradh air am fianais air a thoirt seachad sna h-aithisgean adhartais: • Barrachd dhaoine a' cleachdadh is a' faighinn buannachd bhon Gàidhlig aig an obair, aig an taigh is sa choimhearsnachd • Barrachd cothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh is na cothroman seo nas ruigsinniche.		Tha obair a' dol air adhart gus fiosrachadh a thrusadh tron t-siostam measaidh/ceisteachan againn agus bidh na ceistean air an atharrachadh airson a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn a' togail fianais a fhreagras air an fhiosrachadh ùr a tha a dhìth.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	A' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. Ged nach eil aonta ann, chaidh maoin fhaotainn bho Chomhairle na Gàidhealtachd ann an R2 agus chaidh a chleachdadh airson taic a chumail ri Fèisean na Gàidhealtachd agus Blas 2023.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	Taic-airgid do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2023-24. Chaidh tabhartasan luach £36,974 a thairge do dh'Fhèisean na sgìre a' cleachdadh £12,000 de mhaoin na comhairle. Bidh cothrom fhathast aig Fèisean taic a bharrachd iarraidh tron Stòras Leasachaidh againn.	
CEB2	Taic do na Fèisean tachartasan cunbhalach a chur air dòigh fad na bliadhna.		Tha na tabhartasan ann an ABC1 a' toirt a-steach cuibhreann de £15,179 airson tachartasan cunbhalach a chur air dòigh tron bhliadhna. Bha com-pàirtichean bho Fhèisean Earra-Ghàidheil am measg na chluich ann an *Ceòl nam Fèis* aig Blas san t-Sultain.	
CEB3	Taic ri Fèisean gnìomhan a ghabhail os làimh airson leaudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.		Faicibh AC14, AC29 agus AC33 gu h-àrd airson taic san fharsaingeachd. Bidh sinn a' conaltradh ri Fèisean Earra-Ghàidheil airson nam feumalachdan aca a fhrithealadh. Bha seisean againn aig ar co-labhairt air cleachdadh na Gàidhlig aig Fèisean. Tha an taisbeanadh a chaidh a chleachdadh air ar làrach-lìn agus bidh seo ga thoirt gu aire luchd-eagrachaidh.	
CEB4	Taic airson Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil le trèanadh agus ùine bhon sgioba obrach (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Chaidh Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil air adhart san luchar an dèidh trèanadh fad seachdain aig na ceòladairean òga aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd sa Phloc. Faicibh cuideachd AC17, AC19, AC35 agus AC38 gu h-àrd.	

			Chaidh tabhartas £8,000 a thoirt do Chèilidh air Chuairt Fèis Latharna a chluich aig 21 tachartasan san sgìre cho math ri fosgladh oifigeil Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èidinn.	
CEB5	Ùine Oifigearan Leasachaidh air a chosg air Fèisean Earra-Ghàidheil 0.6 CRLU.		Bidh ar Manaidsear Leasachaidh agus Oifigear Lesachaidh a' cumail taic ris na Fèisean (co-ionnan ri 0.6 ILT).	
CEB6	Taic bho luchd-obrach eile le rianachd, ionmhas agus cànan a chleachdadh (pro-rata a-rèir àireamhan Fèisean).		Faicibh AC1-6, AC33, AC34, AC38, AC41, AC46 agus AC54 gu h-àrd.	
CEB7	Seirbheisean do dh'Fhèisean na sgìre le deuchainnean sgrùdaidh, àrachas, ionnsramaidean ciùil air iasad (cosgaisean pro-rata).		Faicibh AC7, AC11 agus AC233 gu h-àrd.	
CEB8	Trèanadh do luchd-teagaisg/eagrachaidh (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Faicibh AC12 agus AC15 gu h-àrd.	
CEB9	Obair dràma ann an sgoiltean Earra-Ghàidheal is Bhòid (amasan foghlaim).		Gheibh sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid buannachd bhon obair aig Hùb Hàb, Meanbh-Chuileag agus Dealbh-chluich na Nollaige nas fhaide air adhart air a' bhliadhna. Tro chùmhnant eile a fhuair sinn an dèidh tairgse soirbheachail a chur a-steach, bidh cuid de sgoiltean Earra-Ghàidheil an sàs ann an obair far am bi obraichean is gnìomhachasan Gàidhlig gam brosnachadh don òigridh. Tha sinn an dùil gum bi cuid de sgoiltean Earra-Ghàidheil am measg an fheadhainn a gheibh seiseanan Gàidhlig tron chùmhnant aig Fèisgoil le co-bhanntachd de dh'ùghdarrasan ionadail.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill:

1. Còmhradh a thogail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann agus
2. Fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram obrach.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Dùbhlachd 2023

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2023.02(b)

Ainm	**Art MacCarmaig**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

30.09.23 Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal
04.10.23 Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig mu dheidhinn Mòr-ionadan
04.10.23 Coinneamh le Dòmhnall Camshron BPA mun aithisg air cothroman don Ghàidhlig
04.10.23 Seisean fiosrachaidh air-loidhne do thagraichean Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig
11.10.23 Seisean air-loidhne do XPO North mun aithisg air cothroman don Ghàidhlig
31.10.23 An làthair ai tachartas HES/SDS mu sgilean Gàidhlig a tha a dhìth
04.11.23 Com-pàirt air-loidhne ann an TradTalk
07.11.23 Coinneamh de phanal Tasgadh
08.11.23 Coinneamh sgioba Fèisean nan Gàidheal
14.11.23 Coinneamh le Fèis Phàislig
14.11.23 Coinneamh de Bhuidheann-obrach nan Ealan Traidiseanta aig Alba Chruthachail
16.11.23 An lathair aig a' cho-labhairt Ceangal ann an Conamara
17.11.23 An lathair aig a' cho-labhairt Ceangal ann an Conamara
22.11.23 Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig mun iarrtas ioma-bhliadhnail againn
22.11.23 Coinneamh le HIE mu sheiseanan Eòlas air a' Ghàidhlig
23.11.23 An làthair aig fòram Fhonndas Uilleim Ghrannd air-loidhne
23.11.23 Coinneamh le Mòrag Anna NicLeòid mu aithisg Bhlas son comataidh Gàidhlg CnG
27.22.23 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
28.11.23 Coinneamh le Comhairle na Gàidhealtachd
28.11.23 Coinneamh de phanal Maoin nan Ealan Gàidhlig
04.12.23 Seisean inntrigidh air-loidhne airson buill ùr Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
06.12.23 Com-pàirt ann an tachartas turasachd na Gàidhlig aig HES
07.12.23 Coinneamh de phanail tabhartasan Seachdain na Gàidhlig
07.12.23 Dìnnear do bhuill ùra agus dhaibhsan a bhios a' fàgail a' Bhùird
08.12.23 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Thairis air an ràith a dh'fhalbh, chaidh tòrr ùine a chosg air iarrtasan agus aithisgean a dheasachadh do luchd-maoineachaidh. Chaidh iarrtas ceithir-bliadhna a dheasachadh airson taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig agus chaidh a' chiad tagradh a chur ri chèile do dh'Alba Chruthachail airson maoin ioma-bhliadhnail. Tha iomradh air na dhà fo 4.4023.04(e).

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ri Talla nan Seòid aig Duaisean Dual-cheòl na h-Alba, a bhios a' dol air adhart ann an Dùn-Dè air 2na Dùbhlachd. Tha seo a' cosg £840 agus bidh Eilidh NicCoinnich gar riochdachadh aig an tachartas.

Tha mi air aontachadh gun cumadh Fèisean nan Gàidheal taic-airgid don duais airson Cluiche as Fheàrr fo 18 aig FilmG 2024, aig cosgais £500. Bidh cuirm nam duaisean a' dol air adhart Dihaoine 23mh Gearran san SECC ann an Glaschu.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh.

- Chur sin mach litrichean agus phàigh mi airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2023-24. Chaidh £131,022.13 airgead tabhartasan 2023-24 a-mach.
- Tha stòras beag ann airson Maoin Leasachadh nam Fèisean 23-24 agus tha £1,509 air a'phàigheadh a-mach a-nis.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Luke Slater feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Tha maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Fhuair Fèis Eilean na Hearadh & Fèis Rois taic am bliadhna.
- Bha mi trang cur air dòigh cùisean airson a' Co-labhairt Bhliadhnail 2023 air 29/30 Sultain. Bha sin aghaidh ri aghaidh ann an Taigh-òsta Muthu Newton, Inbhir Narainn.
- Bha mi air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean ach tha Luke a' gabhail seo os laimh. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Fèis Alba & Cèilidh air Chuairt airson co-òrdanaiche. Chaidh airgead na bliadhna seo a-mach gu Fèis Phàislig, Fèis Lochabair, Fèis Latharna, Fèis Air an Oir. Tha Fèis Air an Oir a'ruith airson a'chiad turas am bliadhna.
- Tha Luke a' coimhead às deidh ionnsramaidean chùil a-nis.
- Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh agus bha feadhainn ri chàradh agus feadhainn gun fheum. Chaidh feadhainn a-mach air màl cuideachd. Chur Eilidh NicCoinnich, Fèis an Earraich, clàrsaich air dòigh dhuinn. Chaidh accordions a chur air dòigh cuideachd. Tha John Masson a'coimhead às an dèidh a-nis.
- Chuir mi àrachas air dòigh airson FNG anns An Gearran agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas anns an t-Sultain. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus thèid seo ùrachadh a-rithist air 22 Gearran 2024.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 23/24 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Theid iad a-mach a dh'aithghearr.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Tha sinn a' toirt taic do Grant MacPharlain, Fèis Phàislig, leis an Cùrsa Adhartais aig Sàbhal Mòr Ostaig. Chaidh trèanadh Gàidhlig airson luchd-obrach air adhart anns an Òg-mhìos. Theid trèanadh luchd-obrach air adhart anns an Dùbhlachd cuideachd.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd.
- Tha sinn a' cuideachadh Fèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. Chur mi poileasaidh ùr air dòigh airson Àite Dìonta agus chaidh poileasaidhean eile ùrachadh.
- Chaidh Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar am bliadhna.
- Tha Luke a'coimhead às dèidh Tasgadh agus MEG cuideachd.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Cleachdiaigantaigh, Guth nan Gael, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh, Treòir (Fèisean) , Treòir|Voar|Virr agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Luke pàirt-ùine ach a' toirt taic dhomh le seo cuideachd.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

- Chaidh Fèis Bhlas air adhart anns an t-Sultain 2023. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Bha mi ann an Cille Mhoire agus Ceòl nam Fèis anns an Ghearasdan.
- Bha 5 Chèilidhean air Chuairt a' ruith ann an 2023-24 agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach do chuid. Bha trèanadh a'dol air adhart aig Fèis Alba anns an Iuchar 2023.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh co-dhiù latha san t-sheachdain ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire/Oifigear Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Skype gu cunbhalach agus coinneamhan Zoom far a feum mi a bhith ann.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr airson Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar. Bha Peigi Ann deiseil anns an Òg-mhios 2023 agus Calum Friseil anns an dreuchd a-nis bhon Lùnastal.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Chur mi seachad ùine còmhla ri Seumas MacIver bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna air 10/11 an Iuchar. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 30 Sultain 2023.
- Thug mi taic do Luke a' cur air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd agus eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg dèante.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Mhàirt 2023.

Ainm	**Calum Ailig Macmhaoilein**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

Tha mi a' cumail taic làitheil don sgioba leasachaidh agus do Fèisean anns an Eilean Sgitheanach, Lochabair agus Earra-Ghàidheal le taic bho cho-obraichean.

Tha conaltradh a' leantainn le na Fèisean gu cunbhalach 's ged a tha cuid nas samhaiche aig an àm seo dhan a' bhliadhna tha clasaichean, bùithtean-obrach is eile a' leantainn le cuid eile.

Bha cothrom agam coinneachadh ri Fèis na Linne is Fèis an Earraich san Dàmhair gus bruidhinn air planaichean san àm ri teachd. Bhon uairsin tha mi air a bhith a' cur plana leasachaidh airson na trì bliadhna a tha romhainn air dòigh dhaibh.

Chaidh Cèilidh sònraichte a chumail le Fèis Lochabair air 11 Samhain airson 30 bliadhna den fhèis a chomharrachadh. Tha iad cuideachd an dùil sreath de chlasaichean bùithtean obrach a thòiseachadh a dh'aithghearr.

Bidh Fèis nan Garbh Chrìochan a' cur air sreath de bhùithtean-obrach dràma air dòigh.

Tha Fèis Latharna an-dràsta a' beachdadh air iarrtas a dhèanamh gus inbhe Charthannas fhaighinn don Fhèis.

Bidh Fèis Thiriodh a' faighinn taic bho Mhaoin Choimhearsnachd a' Cho-op Ionadail.

Bha cothrom againn còmhradh mhath a chumail ri Fèisean a bha an làthair aig a' Cho-labhairt san t-Sultain 's fhuair sinn beachdan bhuapa air rudan a bhiodh feumail is taiceil dhaibh airson na pròraman aca is leasachaidhean a ùra a chur an gnìomh.

Stòras Leasachaidh
Tha an Stòras Leasachaidh fosgaile do Fèisean le cothrom dhaibh tabhartasan fhaighinn son suas ri £1,500 le £10,000 uile gu lèir ri sgaoileadh. Chum sinn taic luach £1,000 ri Fèis an Iar Thuath (Latha Fèise), £636 do Fèis Lochabair (Bùithtean-obrach obair-bhuidhne) , £200 do Fèis nan Gàrbh Chrìochan (Bùithtean-obrach Dràma) agus £632 do Fèis air an Oir (Clasaichean Clàrsach).

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2023
Tha mi air aithisg ullachadh mun Fhèis a tha nochdadh fo 4.2023.02(c) as na paipearan. Dh'ullaich mi Aithisg eile do Mhaoin Cholmcille mu choinneamh an taic a fhuair sinn airson consartan is taisbeanaidhean sgoile 'An Gineal Òg'.

Bidh mi a' cur coinneamh den bhuidheann pròramaidh air dòigh a dh'aithghearr son còmhradh fhaighinn air Fèis na bliadhna-sa agus sùil a chur ri planaichean airson a' bhliadhna a th' air thoiseach oirnn.

Trèanadh Luchd-obrach
Bidh sinn a' dèanamh Trèanadh còmhla air Gràmair na Gàidhlig san Dùbhlachd.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg
Bidh sinn a' còmhradh ri na comataidhean thairis air a' mhìos no dhà a tha romhainn airson deiligeadh ri tabhartasan nam Fèisean 's bidh cothrom againn beachdachadh air feumalachdan trèanaidh 's thèid cothroman iomchaidh a chur air dòigh dhaibh a-rèir iarrtais.

Choinnich Nicola 's mi fhìn ri Emily NicDhòmhnaill bho Eden Court airson beachdachadh air trèanadh do dh'oidean dràma sa bhliadhn' ùr 's tha mi cuideachd a' coimhead air trèanadh sònraichte le eòlaichean a chur air dòigh so dh'oidean. Tha feum cuideachd air trèanadh do dh'òidean ùra nach eil air a bhith an sàs ann am Fèisean gu ruige seo.

Fuaran
Tha Abi air a bhith ag obair gu cruaidh le na seinneadairean òga airson clàraidhean, bhideothan is eile a tharraing còmhla 's thèid na h-òrain fhoillseachadh tràth sa bhliadhn' ùr. Bidh mi a'

còmhradh ri Abi a dh'aithghearr gus beachdachadh air na h-ath cheumannan leis a' phròiseact seo son 2024 is air adhart.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

5 Latha

Thèid 5 Latha 2024 a chumail eadar 1-6 Giblean. Chaidh an fhiosrachadh fhoillseachadh bho chionn ghoirid 's tha 13 iarrtasan againn gu ruige seo.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV

Bha e comasach dhuinn 4 thachartasan a shruthadh aig Blas am bliadhna 's bha iad sin ri fhaotainn an asgaidh tro tv.feisean.org le cothrom do dhaoine tabhartas a thoirt dhuinn.

Bidh sinn a' coimhead ri barrachd leasannan a chur ri Oide air na mìosan a tha romhainn.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach

An-dràsta tha mi ag dà latha san oifis agus tri bhon taigh a mhòr-chuid dhan ùine.

Cha do lìon sinn an dreuchd ban a bh' againn son Oifigear Leasachaidh 's tha mi fhìn a' cumail stiùir ri na Fèisean a bha buntainn ris an dreuchd sin le taic bhon chòrr den sgioba leasachaidh.

Coinneamhan is eile

Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt (29-30/9)
Coinneamh le Fèis an Earraich is Fèis na Linne (3/10)
Coinneamh Mhanaidsearan (2&21/11)
Coinneamh Sgioba Fèisean nan Gàidheal (8/11)
Siuthad – Fèilll Dhreuchdan aig Eden Court (9/11)
Measaidhean (13&14/11)
Co-labhairt Ceangal ann an Conamara (15-18/11)
Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig (22/11)
Coinneamh le Comhairle na Gàidhealtachd (28/11)
Coinneamh is coinneamh-bhliadhnail Fèis an Earraich (28/11)
Coinneamh le Fèis Dhùn Èideann (28/11)
Coinneamh le Fèis na h-Òige (29/11)
Coinneamh le Emily NicDhòmhnaill (29/11)
Coinneamh le Criosaidh NicRath (30/11)
Coinneamh le Josh Dixon bhon RCS (30/11)

Ainm	**Eilidh NicCoinnich**
Dreuchd	**Manaidsear Fèisgoil**

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh do dh'oidean Fèisgoil: chuir Eilidh NicCarmaig seisean trèanaidh air doigh do dh'oidean Blasad Gàidhlig air 27.10.23 agus bidh barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn ann an aithisg rianaire Fèisgoil.
Trèanadh do sgioba luchd-obrach Fèisgoil: nochd mi aig seisean trèanaidh air-loidhne air a lìbhrigeadh le Early Years Music Scotland air Diluain 14.11.23 – Developing Confidence in Language Through Music.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Meanbh chuileag: Rùn-dìomhar nan Eilean Flannach 03.10.23-03.11.23; air a' sgrìobhadh le Aonghas MacLeòid, Oifigear Dràma, FnG agus air a lìbhrigeadh le Artair Donald agus Raonaid Cheanadach

Cleasaichean	Sgoiltean	Taisbeanaidhean/bùthan-obrach	Sgoilearan
2	29	31 (+40 bùthan-obrach)	845

Panto 2023 : Calum Anndra a' Chòta Dheirg 27.11.23-08.12.23 air a sgrìobhadh agus a' stiùireadh le Aonghas MacLeòid, air a lìbhrigeadh le Raonaid Cheanadach, Artair Donald agus Fearghas Rothach.

Cleasaichean	Sgoiltean	Taisbeanaidhean	Sgoilearan/ Luchd èisteachd
3	22	19	1158 (+ luchd èisteachd poblach)

Chosg mi madainn còmhla ris a sgioba a dhol thairis air na h-òrain. Faicibh aithisg Oifigear Dràma airson barrachd fiosrachaidh mun tursan, taisbeanaidhean poblach, clàraidhean agus pròiseactan dràma eile, co-obrachadh le Cùirt Eden nan measg.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd.

Fhuair sinn fiosrachadh bho Co-bhanntachd nan Ùghdarrasan Ionadail mu maoineachadh aig <50% 2023-24 air 12.09.23 agus as deidh iarrtas a chur air adhart do Riaghaltas na h-Alba, dh'aontaich iad maoineachadh a chur thugainn airson seiseanan ann an Teirm 3 a' lìbhrigeadh.

Teirm 2 2023/24:

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
13	21	618	2273

Beairteas : Aithris Sgeulachd: Bun-sgoiltean an taobh siar Eilean Leòdhais (Breascleit agus Siabost), air a lìbhrigeadh le Christine NicLeòid le taic bho Donna Barden, as leth Comunn Eachdraidh an Taobh Siar

'S e amasan na proiseact sgilean cainnt na cloinne a neartachadh agus dualchainnt na sgìre a' chleachdadh. Dh'ionnsaich an dà sgoil toimhseachain agus sgeulachdan eadar-dhealaichte agus an choinnich iad ri chèile agus dh'innis iad na sgeulachdan aca. Choinnich gach sgoil cuideachd ri pàrantan agus buidheann de sheann daoine às an sgìre aca fhèin agus dh'innis iad na sgeulachdan a dh'ionnsaich iad, agus chuala iad tuilleadh sgeulachdan bhon na seann daoine mu làithean an òige.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	2	18	42

Pròiseactan fa-leth

Tabhaich : trì pròiseactan fa-leth: 1. seiseanan Gàidhlig aghaidh ri aghaidh anns na h-eileanan Thiriodh, Cholla agus Bhòid do dhaoine a bhios ag ionnsachadh na Gàidhlig mar tha 2. seiseanan mun chànan agus cultar na Gàidheil aghaidh ri aghaidh, a-rithist anns na trì h-eileanan don choimhearsnachdan ionadail agus luchd-turais 3. seiseanan do na sgoiltean stèidhichte air na trì h-eileanan le trìuir an sàs gniomhachas fa-leth ceanglaichean a shealltain dhaibh eadar an obair aca agus Gàidhlig. Air a lìbhrigeadh le Gail Shutharlannach, Joy Dunlop, Rhoda Meek, Iain Mac a Ghobhain agus Màiri Anna NicUalraig. Bidh àireamhan deireanach agam san ath aithisg.

Na sgoiltean: Eilean Bhòid: Bun-sgoil Naomh Anndra, Bun-sgoil Bòid a Tuath, Bun-sgoil Baile Bhòid & Àrd-sgoil Baile Bhòid (23&24.10.23); **Eilean Thiriodh**: Àrd-sgoil Thiriodh, Bun-sgoil

Thiriodh (30.11.23); **Eilean Cholla**: Bun-sgoil Àirigh nan Gobhar (06.11.23). Tha sinn nar comain, Taigh–òsta Eilean Cholla airson taic leis a' phròiseact.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
3	7	14	133 (32 aca ann am foghlam Gàidhlig)

Clasaichean Gàidhlig air an oidhche le Comhairle Baile Ghlaschu: Dh'aontaich sinn seisean Eòlas air a' Ghàidhlig a chur air doigh mar tòiseach tòiseachaidh (faicibh gu h-ìosal) le sreath ùr de clasaichean sa bhliadhna ùir.

CEÒL
ICO: lìbhrig barrachd na leth de na sheiseanan, am-bliadhna a' comharrachadh 300 bliadhna bho rugadh am bard Donnchadh Bàn.

Seinn: Uibhist & Barraigh: Ann an co-obrachadh le CnES. Fhuair oide Seinn ann an Uibhist, Peigi Nic a Phiocair, obair ùr mar òraidsear aig Oilthigh Ghlaschu. Bha na sgoiltean deònach a' feitheamh gus am bi an obair ùr aice deiseil aig àm na Càisge agus leis a sin, dh'aontaich iad air 10 seachdainnean ann an Teirm 4. Teirm 1 & Teirm 2 2023/24:

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	6	97	413

Pròiseactan fa-leth:
Cliabh: Pròiseact ioma-ealain, a' leasachadh an tuigse air clann bun-sgoile air gnìomhachas iasgaich ann an Ulapuil. Bidh cothrom aig a' choimhearnsachd pròiseact a thaghadh anns a' bhuth san àm ri teachd (tro Tesco Stronger Starts) agus ma bhios sinn soirbheachail gheibh sinn beagan airgid, Cliabh, Còmhla nan Clèibh, a chur air doigh le Seonag Buxton air bòrd mar oide.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Eòlas air a' Ghàidhlig:
Luchd obrach **Comhairle Baile Ghlaschu14.11.23**, air a lìbhrigeadh le Màiri Anna NicUalraig

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
1	1	23

Luchd-obrach **Comhairle Rinn Friù an Ear**: dà sheisean ri lìbhrigeadh le Màiri Anna NicUalraig – **07.12.23** agus **05.02.24**.

Ceangal 23: Fhuair mi cothrom a dhol a null à Conamara còmhla ri Art MacCarmaig agus Calum Ailig Mac a Mhaoilein as deidh chuireadh fhaighinn bho Údarás na Gaeltachta pàirt a ghabhail ann an co-labhairt Ceangal, bùthan-obrach, Ealain25 a comharrachadh agus consairt eadar-nàiseanta. Bha buidhean de coignear daoine-òga bho fèisean fa-leth an sàs, fo iùil Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar, Calum Friseal.

Maoineachadh Paul Hamlyn: Chuir mi iarrtas a-staigh do Fonndais Pòl Hamlyn leis an dùil maoineachadh fhaighinn air pròiseact ùr, Air mo Bhriathar. Bidh fios againn meadhan An Dùbhlachd.

Duaisean Na Trads: fhrithealadh mi aig Na Trads ann an Talla Cèard, Dùn Dè, 02.12.23 as leth FnG.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamh bhliadhnail FnG 29.09.23
Coinneamhan le oidean Fèisgoil
Luchd-obrach FnG (gu h-àraidh sgioba Fèisgoil) – gu cunbhalach
Measadh Eilidh NicCarmaig 16.10.23 | Measadh Aonghas MacLeòid 23.10.23
Zalina Dzhatieva agus Seumas Paterson, Comhairle Earra Ghaidheal is Bòid 23.10.23 & 29.11.23
DK Mac a Phì, Comhairle Baile Ghlaschu 07.11.23
Evelyn Coull NicLeòid CnES 10.11.23 | Early Years Music Scotland 13.11.23
Manaidsearan FnG 02.11.23 & 21.11.23 | Buidhean mu ghualain FnG 14.11.23
Údarás na Gaeltachta - An Spidéal, Conamara 15-18.11.23 | Sgioba Panto 2023: 21.11.23
Bòrd na Gàidhlig 22.11.23 | Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean 22.11.23
Comhairle na Gàidealtachd 28.11.23 | Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear 07.12.23

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Àrd Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Tha clasaichean seachdaineil agus bùithtean-obrach Disathairne fhathast a' ruith.
- Bidh clasaichean clàrsaich ùr a' tòiseachadh anns a' bhliadhn ùr.
- Choinnich mi ri Carol Anne o chionn ghoirid airson foirmichean tagraidh tabhartais a lìonadh agus bidh sinn a' coinneachadh a-rithist anns na seachdainean a tha romhainn airson foirm tabhartas FnG a lìonadh còmhla.

Fèis Chataibh

- Bha an iarrtas a chur an comataidh a-steach dhan tuathanas-gaoithe ionadail soirbheachail agus leis a sin bidh clasaichean leantainneach a' toiseachadh sa bhliadhna ùr.
- Chòrd an latha obair-bhuidhne leis an fhìdhlear Graham MacCoinnich ris a h-uile duine a bha an lathair.
- Bha 45 com-pàirtichean clàraichte airson an Latha Fèise air an 18mh latha den t-Samhain.
- Thèid choinneamh bhliadhnail a chumail anns a' bhliadhna ùr.

Fèis a' Bhaile

- Tha an club-bogsa agus club-feadain fhathast a' ruith gach mìos.
- Chaidh a' phrìomh Fhèis air adhart san Dàmhair aig BSGI agus bha deagh cèilidh-theaghlaich ann gus 30 bliadhna den Fhèis a chomharrachadh.
- Choinnich mi leis an comataidh an seachdain sa chaidh airson bruidhinn mu fios air ais bho seachdain na Fèise agus planaichean a chur air doigh airson a' bhliadhna ùr.
- Thèid a choinneamh bhliadhnail a chumail air 10mh Gearran.

Fèis Inbhir Narainn

- Tha na clasaichean leantainneach a' ruith mar bu chòir
- Ghabh an Fhèis pàirt ann an dìofar thachartasan-coimhearsnachd thairis air na mìosan a chaidh airson an Fhèis a bhrosnachadh.

Fèis Obar Dheathain

- Tha na clasaichean seachdaineil airson na fidhle agus na clàrsaich fhathast a' dol, cuideachd tha an Fhèis a' ruith clasaichean-ealain agus seinn aig an 'Srubag' aca.
- Chuir a' chomataidh iarrtas a-staigh gu Maoin nan Ealan Gàidhlig airson bùthan-obrach dràma airson deugairean agus inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.
- Tha an comataidh an dùil cèilidh a' ruith sa bhliadhna ùr ron a' phrìomh Fhèis.
- Bidh am priomh Fhèis a' tachairt eadar 8 – 11 An Giblean 2024.

Fèis Spè

- Tha na clasaichean is an còmhlan a' ruith mar as àbhaist.
- Chaidh am prìomh Fhèis air adhart ann am Bun-sgoil Na h-Aghaidh Mòire air a' chiad seachdain de làithean saora an Dàmhair le 94 com-pàirtichean.
- Tha an comataidh trang ag obair air grunn thagraidhean eadar-dhealaichte airson barrachd maoineachaidh fhaighinn.
- Bha an luchd-ciùil bho chòmhlain na Fèise aig Badaguish airson deireadh-seachdain obair-buidhne na bu thràithe air a mhìos seo.
- Às dèidh coinneamh bhliadhnail soirbheachail, tha Mairi Brown na cathriache a-nis agus chur an comataidh fàilte air pàrantan ùra cuideachd.

Fèis Ghallaibh

- Chuir Fèis Ghallaibh crìoch air an t-sreath mu dheireadh den bhùithtean-obrach aca am mìos seo agus bidh iad a' tòiseachadh a-rithist anns a bhliadhn' ùr.

Fèis Mhoireibh

- Tha iad a' leantainn orra le clasaichean seachdaineil ann an clàrsach is bogsa.
- Bidh mi a choinneachadh ri Steph Christie an ath sheachdain gus bruidhinn mu phlanaichean airson tachartas Fèise anns a' Ghiblean 2024.

Fèis an Iar Thuath

- Tha mi an dùil a' bhith coinneachadh leis a chomatiadh a dh'aithghearr airson planaichean a chuir air dòigh airson leasanan piàna a thòiseachadh sa coimhearsnachd.

Fèis na h-Òige

- Às dèidh iarrtas soirbheachail gu Tasgadh na bu thràithe am-bliadhna, tha mi air a bhith a' toirt taic do Fèis na h-Òige gus na planaichean airson a' choimisean aca a chur an gnìomh,

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Ceilidh Trails

- Tha mi air aithisgean fhaighinn bho na Cèilidhean air Chuairt air fad agus bidh mi gan cleachdadh gus an stiùireadh ùrachadh airson na Fèisean a tha airson Cèilidh air Chuairt a' ruith ann an 2024.

Colmcille

- Thairis air na mìosan a dh'fhalbh, tha mi air a bhith ag obair le Calum Friseal gus am pròiseact Turas a chur air doigh. Chaidh Calum, coignear com-pàirtichean agus neach-stiùiridh a bharrachd, Mirren Ward (com-pàirtiche Fuaran), air turas gu Spideal ann an Gaillimh far an do ghabh iad pàirt ann an bùithtean-obrach agus seiseanan le luchd-ciùil oga Èireannach far an d' fhuair iad chothrom barrachd ionnsachadh mun chultar is cànan aca. Tha sinn an dùil gum bi am buidheann Èireannach a tadhal oirnn as t-Earrach.

Trèanadh

- Bidh mi a' frithealadh seisean trèanaidh air-loidhne air Com-pàirteachadh Saor-thoilich Òigridh air 7 Dùbhlachd.
- Chuidich mi fhìn is Abi Calum airson seisean a' ruith aig Latha Dhreuchdan na Gàidhlig air Eden Court o chionn ghoirid.
-

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

- Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlais mar riochdaire nam Fèisean agus bha mi aig tachartas no dhà tron t-seachdain.

Ainm	**Abi NicIlleRuaidh**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis an Tairbeirt
Bha coinneamh bhliadhnail aig FanT air an 16mh dhen t-Samhain agus tha deichnear air a' chomataidh a-nis. Tha Alison MacBride fhathast na catharaiche, tha Muriel MacKaveney a' cumail oirre mar ionmhasair agus Amber Blake ann fhathast mar Oifigear Gàidhlig. Tha sinn a' cur iarrtas a-staigh dhan stòras leasachaidh airson com-pàirtichean òga faighinn a-nall a dh'Ìle airson Fèis Òigridh Ìle is Dhiùra sa Ghearran.

Fèis an Iar Dheas
Bha coinneamh againn air 6mh dhen t-Samhain agus tha sinn a' tòiseachadh planaichean airson Fèis air an 8mh dhen t-Ògmhios 2024. Nochd cudeigin ùr aig a' choinneamh a tha deònach cuideachadh aig an Fhèis agus tha an comataidh a' faireachdainn nas misneachail a-nis.

Fèis Arainn
Fhuair FA £9 mìle not bhon Cho-op ach cha d'fhuair iad sgillinn bhon peoples postcode lottery gu mi-fhortanach. Tha sinn a' sireadh dòighean eile airgead a thogail airson an Fhèis agus ag amas air Taic Freumhan Coimhearsnachd cuideachd. Tha an club iomain a' ruith gu math.

Fèis Dhùn Èideann
Bidh sinne a' ruighinn mu 300 coimhearsnachd tro ar n-obair, nuair a bhios sgoiltean gan cunntais, ach is cinnteach gur ann tro na Fèisean ann an 46 coimhearsnachdan air feadh Alba a tha a' bhuaidh as motha bhon obair againn a thaobh cleachdadh na Gàidhlig agus bàidh don chànan a thogail am measg dhaoine.

Bidh sinn ag amas air gnìomhan airson sgilean cainnt òigridh a neartachadh agus a bheairteachadh tro chothroman cleachdaidh ann an suidheachaidhean neo-àbhaisteach – don mhòr-chuid – taobh a-muigh na sgoile.

Am measg na chaidh fhoillseachadh anns an rannsachadh le Steve Westbrook, Sandy Anderson is eile *Builean Cultarach, Sòisealta, Eaconamach, Cànaineach is Sunnd aig Fèisean nan Gàidhea*l (tha lethbhreac sa phasgan a chaidh a lùchdadh suas) bha iomradh air fiosrachadh a chaidh a thional bho oidean is luchd-taisbeanais an sàs ann an obair Fhèisean nan Gàidheal mun chuid sgilean Gàidhlig:

- Bha 34% den bheachd gun robh iad fileanta sa chànan.

- Bha 34% gam meas fhèin mar neach-ionnsachaidh
- Bha 19% gam meas fhèin mar neach-tòiseachaidh
- Bha 13% gam meas fhèin gun Ghàidhlig

Thuirt 84% gun robh còm-pàirt ann an obair nam Fèisean air am brosnachadh a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice. Dhearbhaich 85% gun deach an sgilean cainnt a neartachadh. Thuirt 87% gun robh com-pàirt air am beachd mu chudromachd na Gàidhlig do dh'Alba a neartachadh.

Bha sin ann an 2021-22 agus bha toraidhean làidir bhon phròram againn ann an 2022-23 cuideachd, le àrdachaidhean beaga sna ceudadan leis na freagairtean a leanas do na ceistean a chaidh a chur tro mheasaidhean:

Cleachdadh na Gàidhlig: Thuirt 86% gun robh pròiseactan is tachartasan Fhèisean nan Gàidheal air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice

Ag ionnsachadh na Gàidhlig: Thuirt 88% gun robh pròiseactan is tachartasan Fhèisean nan Gàidheal air na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart

A' cur air adhart na Gàidhlig: Thuirt 89% gun robh pròiseactan is tachartasan Fhèisean nan Gàidheal air cur ri am beachd air cho cudromach sa tha a' Ghàidhlig do dh' Alba.

Tha am fiosrachadh seo na dhearbhadh gu bheil ar n-obair a' cur ri cothroman cleachdaidh agus a' toirt buaidh air beachdan dhaoine mu àite na Gàidhlig ann an Alba. Tha e air a' toirt dhuinn bunait airson gnothaichean adhartachadh barrachd tro chothroman ionnsachaidh agus trèanaidh do luchd-oide.

Bidh obair a' dol air adhart airson cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh aig Fèisean ionadail tro thrèanadh, aire nan saor-thoilich a thogail agus faicsinneachd a' chànain a neartachadh.

Bidh tachartasan còmhnaidheach ann mar phàirt den phròram againn – 5 Latha, an Sgoil-shamhraidh Dràma - agus tha iad seo a' toirt cothrom air leth math do-chom-pàirtichean a' Ghàidhlig a chleachdadh bho mhoch gu dubh ann an àrainneachd far a bheil a leithid àbhaisteach. Ged nach eil a' Ghàidhlig na meadhan lìbhrigidh chun na h-aon ìre aig Fèis Alba, tha com-pàirtichean aig nach eil a' Ghàidhlig a' faighinn oideas air thoiseach air Cèilidhean air Chuairt a ghabhail os làimh, ag ionnsachadh Gàidhlig a bhios gu feum airson airson innse mu dheidhinn puirt agus òrain aig tachartasan poblach.

Ged a tha aig a' mhòr-chuid ri suim reusanta a phàigheadh airson com-pàirt, tha àitichean saor ann aig gu leòr de na Fèisean agus chuir sinn an sàs sgeama 'pàigh nas urrainn dhut', cho math ri taic maoin shònraichte do dh'òigrdh le feumalachdan a bharrachd, airson a dhèanamh cinnteach nach eil òganach san bith a' call chothroman.

Bidh obair Fèisgoil ann an sgoiltean an urra ri cùmhnantan fhaotainn bho ùghdarrasan ionadail ach bidh Blasad Gàidhlig, Acadamaidh a' Mhòid, Beairteas is eile an-asgaidh do sgoilearan agus gheibh na mìltean buannachd bhon obair sin a thaobh cànain, litreachais, eachdraidh is eòlas air dualchas na h-Alba.

Ged a bha obair dràma ann an sgoiltean – cho riatanach a thaobh beairteachadh cainnt nan sgoilearan – an asgaidh roimhe, bidh againn ri cosgais bheag a chur air sgoiltean nuair a bhios sinn a' tadhal orra airson ar cuideachadh le cuairtean den t-seòrsa seo a chur air dòigh. Tha sinn an dòchas nach bi seo a' ciallachadh nas lugha de sgoiltean a' faighinn chothroman air ar n-obair agus na buannachdan bhuaipe.

A rèir rannsachaidh Steve Westbrook, Sandy Anderson is eile: "With a strong commitment to the Gaelic language, the Fèisean encourage and motivate the use of the language; naturalising Gaelic in an enjoyable setting."

Tha obair Fhèisean nan Gàidheal, agus na h-ealain, a' cur gu mòr ri bàidh a thogail am measg dhaoine don Ghàidhlig. Tha seo follaiseach ann an rannsachaidhean a chaidh a dhèanamh thar nam bliadhnaichean agus anns na beachdan a thog sinn fhìn tro mheasaidhean.

Tha e cudromach beachdan dhaoine atharrachadh agus bidh sinn a' faighneachd mun ìre riarachais a th' aig luchd-èisteachd Blas, mar eisimpleir, mu chleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis. Thairis air ceithir bliadhnaichean, bha sin aig 90% sa chumantas.

San rannsachadh aig Steve Westbrook, Sandy Anderson is eile, chaidh a ràdh: "Research carried out relating to the feasibility of Gaelic medium secondary education in Inverness found that a substantial proportion of parents who choose a primary or secondary school that uses Gaelic for education are not themselves Gaelic speakers; and it is likely that a number of these parents will have been influenced in these decisions by their own attendances at Fèisean, Cèilidh Trails or Blas events."

Tha pròram Fèisean nan Gàidheal a' coileanadh grunn thoraidhean, gu h-àraidh a thaobh a bhith a' toirt barrachd chothroman do dhaoine gus pàirt is tlachd a ghabhail sna h-ealain Ghàidhlig, a' brosnachadh obair far am faigh daoine tuigse is eòlas nas fheàrr air ealain thraidiseanta na h-Alba agus obair a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig agus a tha anns a' Ghàidhlig.

Tha buaidh air coimhearsnachdan cuideachd agus iad air am misneachadh le piseach air saoghal dhaoine tro chom-pàirteachas nar n-obair. Glè thric bidh a' mhisneachd agus sgilean a thèid a thogail tro obair leis na Fèisean ga cur gu feum ann an gnìomhan is cur-seachadan eadar-dhealaichte ann an

coimhearsnachdan, gan neartachadh ann an iomadach dòigh.

Tha rannsachadh air dearbhadh uair is uair gu bheil ar n-obair a' toirt air iomadh duine a' Ghàidhlig a thogail is a chleachdadh agus bidh na ceudan de chunnradairean neo-cheangailte ag obair cuide rinn, a' faotainn buannachd a thaobh teachd a-steach, a bharrachd air an sgioba air fhastadh aig Fèisean nan Gàidheal.

Bidh feum, ge-tà, air dearbhadh leantainneach gu bheil iarrtas ann airson ar n-obair agus gu bheil i a' dèanamh feum a thaobh na Gàidhlig agus a thaobh ealain.

Bidh fianais air a thoirt còmhla ann an aithisgean do Bhòrd na Gàidhlig agus do Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal agus tha tuilleadh san ath fhreagairt mun t-seòrsa conaltraidh a bhios a' dol air adhart gus fianais a thional.

***Dàimhean coimhearsnachd / Community engagement:**

"The Fèisean have strong local roots, with their annual events being a highlight of the year in communities around Scotland. Their organisation and delivery bring people together and promotes social cohesion." (*Builean Cultarach, Sòisealta, Eaconamach, Cànaineach is Sunnd aig Fèisean nan Gàidheal* – Steve Westbrook, Sandy Anderson is càch, 2022)

Tha Fèisean nan Gàidheal a' ruighinn mu 300 coimhearsnachd eadar Fèisean, sgoiltean, buidhnean a bhios gar cuideachadh tachartasan a chur air dòigh aig Blas agus tachartasan eile.

Bidh sinn ag amas air ar n-obair a chumail cho ionadail 's a ghabhas airson na h-àrainneachd a ghlèidheadh, cothroman obrach a chruthachadh agus coimhearsnachdan a neartachadh.

'S iad na coimhearsnachdan far a bheil Fèisean a bhios a' faotainn an ìre thaic as motha bhuainn, le Oifigear Leasachaidh ainmichte aig na buidhnean saor-thoileach ged a bhios luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal air fad gan cuideachadh le seirbheisean eadar-dhealaichte. Tha barrachd fiosrachaidh fo Raon-obrach 1 nas fhaide air adhart.

Bidh sgoiltean, agus na coimhearsnachdan a bhios iad a' frithealadh a' faotainn tòrr taic tro ghnìomhan Fèisgoil eadar leasanan ciùil, dràma agus Gàidhlig a bharrachd air trèanadh agus obraichean do dh'oidean. Tha barrachd fiosrachaidh fo Raon-obrach 3 nas fhaide air adhart.

Bidh luchd-eagrachaidh thachartasan gar cuideachadh le Blas ach bidh sinn a' cumail taic riutha le cosgaisean cuirmean a ghiùlain, uidheamachd PA is solais le innleadair a chur thuca agus sanasachd dà-chànanach a dheasachadh dhaibh agus a sgaoileadh. Air a' cheann thall, bidh iadsan a' glèidheadh pàirt den airgead a thèid a thogail tro reicean a ghabhadh a chur gu feum airson tachartas/an eile sa choimhearsnachd aca.

Bidh àitichean-fuirich agus ithe ionadail a' faighinn buannachd tro ar n-obair cuideachd. A bharrachd air Blas, bidh sinn a' cur Na Gearrannan gu feum son 5 Latha, òstail a' Phluic son Fèis Alba agus ostail Phort Rìgh airson na Sgoile-samhraidh Dràma.

Tha 5 Latha cuideachd a' cur ri misneachd ann an coimhearsnachd an taobh siar Leòdhais, far a bheil daoine san sgìre daonnan taiceil a thaobh cur-seachadan a chur air dòigh às an togadh an òigridh briathrachas ùr dhaibh co-cheangailte ris na gnìomhan sam bi iad an sàs.

A thaobh feumalachdan nan coimhearsnachdan a choileanadh is beachdan fhaighinn air ais bhuapa, bidh sinn a' measadh gach pròiseact is raon-obrach, uaireannan gu foirmeil agus uaireannan gu neo-fhoirmeil. Bidh seo a' tachairt tro chòmhraidhean le buidhnean a tha an sàs agus tro cheisteachan air loidhne an dèidh dhuinn obair a chrìochnachadh. Bidh sinn cuideachd a' cumail àireamhan chom-pàirtichean is dhaoine eile a tha an sàs.

Bidh ar n-oifigearan leasachaidh a' dèiligeadh ris na Fèisean coimhearsnachd a' conaltradh riutha gu cunbhalach agus a' cumail taic sam bith riutha a tha a dhìth. Tron chonaltradh seo bidh sinn daonnan a' faighinn ais-mholaidhean bhon bhallrachd.

Ann an obair Fhèisgoil, bidh conaltradh ann gu math tric le luchd-teagaisg nuair a bhios sinn a' sireadh bheachdan mu chuspairean airson dràma. Bidh conaltradh ann leis na sgoiltean airson pròg ram freagarrach aontachadh riuthasan a thaobh ionnsachaidh ciùil is cànain.

Leis gu bheil sinn a' cleachdadh ghoireasan air loidhne airson tiogaidean a reic agus clàradh a dhèanamh, tha e comasach dhuinn fiosrachadh a sgaoileadh do dhaoine agus beachdan a shireadh bhuapa nuair a bhios sinn a' measadh thachartasan. Bidh sin a' dol air adhart gu cunbhalach agus bidh ceistean ann daonnan mu bhuaidh air cleachdadh agus togail na Gàidhlig. Tha sinn ag amas air seo a leantainn.

Bidh co-labhairt againn gach bliadhna far a bheil seiseanan ann a leigeadh le ar ballrachd beachdan a chur air adhart cho math ri molaidhean airson atharraichean is leasachaidhean.

Tha òigridh an sàs aig ìre a' Bhùird agus a' cur pròg ram air dòigh airson Blas agus tha sin a' toirt cothrom dhaibhsan am beachdan a chur an cèill mu obair Fhèisean nan Gàidheal cuideachd.

***Ur-gnàthachas / Innovation:**

Tha sinne an sàs ann an iomadach lìonradh agus ag ionnsachadh bho bhuidhnean eile ri linn sin. Tha sinn mothachail, cuideachd, air deasbadan is rannsachaidhean timcheall oirnn. Bidh sinn daonnan ag ionnsachadh mar bhuidhinn agus a' cur sgilean an luchd-obrach gu deagh fheum nar n-obair.

Bidh sinn tric a' gabhail pàirt ann an tachartasan trèanaidh feumail leis gu bheil sinn ag amas air deagh riaghladh taobh a-staigh na buidhne.

Tha seo air a bhith gu sònraichte fìor anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh co-cheangailte ri co-ionnanachd, iomadachd agus in-ghabhaltas, lùghdachadh gualain agus obair chothromach a thug oirnn atharraichean a chur an sàs ann am modhan-obrach na buidhne.

Coltach ris a h-uile buidheann eile bha againn ri tòrr ionnsachadh fhad 's a bha covid bitheanta agus, leis nach eil an galar air falbh fhathast, tha againn fhathast a bhith nas faiceallaiche mu shàbhailteachd dhaoine agus cunnartan co-cheangailte ri tachartasan a chur air dòigh.

Tha am fiosrachadh a tha sinn a' tional tro ar plana Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhail a' sealltainn gu bheil sinn ag obair le farsaingeachd de dhaoine ann an coimhearsnachdan air feadh na h-Alba, cuid dhiubh a tha a' fulang ri linn dith-chothroman agus eaconamaidh lag. Tha sinn cuideachd a' toirt cothrom do na buidhnean a tha gar maoineachadh a dhearbhadh gu bheil iadsan a' cumail taic a thaobh co-ionnanachd agus iomadachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Ged nach eil Gàidheil air an dìon fon lagh, 's e buidheann sa bheag-cuid a th' annta agus iad làn airidh air taic shònraichte ri linn sin.

Nar n-obair chruthachail, agus ann am Fèisgoil, bidh sinn tric a' gabhail ri beachdan bho oidean is luchd-ealain mu dhòighean nas fheàrr ar n-obair a choileanadh. Bha seo gu math follaiseach anns na pròiseactan Treòir: Luchd-ciùil air mhuinntireas agus Treòir l Voar l Virr, far an robh luchd-ealain gu mòr an sàs anns na pròghraman a dhealbhach. Tha sinn a' leudachadh ar n-obair le teagasg air loidhne tro Oide agus cuirmean a shruthadh air FèisTV agus tha sinn air oidhirp a dhèanamh cuid de na seann ghoireasan ath-nuadhachadh ann an cruth didseatach leis a' mhòr-chuid de ghoireasan ùra san cruth sin a-mhàin.

Nuair a nochd aithisg Shoillse bho chionn beagan bhliadhnaichean, chuir sinn air dòigh buidhnean-còmhraidh leis na Fèisean anns na sgìrean san deach an rannsachadh a dhèanamh airson faighinn a-mach am biodh barrachd a ghabhadh a dhèanamh leinne, còmhla, airson piseach a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig anns na h-eileanan.

Tha deagh chleachdaidhean gan stèidheachadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal airson ionnsachadh leantainneach agus cothroman trèanaidh a thoirt do luchd-obrach, oidean agus saor-thoilich le rùn a leithid a chumail a' dol ma bhios na sgilean a' cur ri obair na buidhne. Tha sinn air grunn phoileasaidhean a chruthachadh agus tha sinn mothachail gu bheil buidhnean eile gan cur gu feum cuideachd.

***Co-obrachadh / Partnership working:**

Tha dùil gum bitheamaid a' co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig air na leanas:

- Bidh sinn ag obair cuide ri Bòrd na Gàidhlig a' lìbhrigeadh cùmhnant, tha sinn an dòchas, agus air iomairtean eadar-dealaichte a leithid #cleachdi, gnothaichean co-cheangailte ri foghlam agus òigridh agus ann an tabhartasan a thoirt seachad tro Mhaoin nan Ealan Gàidhlig
- Bidh sinn ag obair leis a' Chomunn Ghàidhealaich air Acadamaidh a' Mhòid agus cèilidhean air loidhne fhad 's a chumas a leithid a' dol
- Bidh co-obrachadh a' dol air adhart le Comunn na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig agus tha eisimpleirean air a bhith ann de dh'Fhèisean agus Spòrs Gàidhlig co-obrachadh air tachartasan Gàidhlig a' toirt a-steach ceòl agus gnìomhan air a' bhlàr a-muigh, a ghabhadh a leudachadh.
- Bho àm gu àm bidh sinn ag obair còmhla ri Comhairle nan Leabhraichean airson bàird agus sgrìobhadairean a chur air adhart aig Blas
- Bidh sinn a' ceannach leabhraichean co-cheangailte ri dualchas na Gàidhlig bhon a leithid Acair is buidhnean foillseachaidh eile airson an sgaoileadh do na Fèisean
- Bidh uidheamachd FèisTV gan toirt do bhuidhnean eile airson sruthaidhean a dhèanamh bho thachartasan eadar-dhealaichte
- Bidh sinn a' tabhann uidheamachd eadar-theangachaidh do bhuidhnean eile gu cunbhalach, a leithid Sabhal Mòr Ostaig

Bha na h-oifigearan leasachaidh againn nam buill de Lìonra nan Oifigearan Gàidhlig agus bidh iad an sàs ann an lìonra ùr sam bith a thig na àite.Tha Fèisean nan Gàidheal air dàimh làidir a thogail le grunn lìonraidhean agus bhuidhnean air feadh na h-Alba leithid Buidheann-obrach Dual-ealain Alba Chruthachail, Fòram Ceòl Òigridh na Gàidhealtachd, Crubha Ealan Òigridh na Gàidhealtachd, Hands Up for Trad agus Buidheann Caidreachas Foghlam Ciùil. Tha obair eadar-nàiseanta a' dol air adhart cuideachd còmhla ri Amateo, Lìonradh Eadar-nàiseanta a' Mhith-chiùil, Colmcille agus Comhairle na h-Eòrpa.

Tha an co-obrachadh leinne a' toirt àite don Ghàidhlig ann an obair nam buidhnean sin, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tron t-seirbheis Fèisgoil tha sinn a' cuideachadh grunn bhuidhnean poblach agus ùghdarrasan ionadail am planaichean Gàidhlig a chur an gnìomh le ionnsachadh na Gàidhlig ga thabhann ann an sgoiltean agus trèanadh Eòlas air a' Ghàidhlig ri fhaighinn. Bha sinn an sàs cuid de dh'amasan na Gàidhlig ann am Plana Nàiseanta nan Eilean a thoirt gu buil tron phògram Treòir a ruith ann an 2021-23 agus bidh sinn a' sireadh tuilleadh chothroman den leithid san àm ri teachd.

Tha luach nach beag bhon obair anns a bheil Fèisean nan Gàidheal an sàs agus bho mhaoin a tha sinn a' toirt do leasachadh na Gàidhlig bho bhuidhnean eile a leithid Alba Chruthachail, HIE thar nam bliadhnaichean, EventScotland, na h-ùghdarrasan ionadail cho math ri urrasan agus bhon Chrannchur Nàiseanta aig amannan.

Raointean-obrach / Work areas

San earrann seo, bu mhath leinn iarraidh oirbh suas ri 5 raointean-obrach ainmeachadh, air mar a bhios an obair agaibh air a roinn. Airson gach raon-obrach, iarraidh sinn oirbh iomradh a thoirt seachad air dè air a bheil sibh ag amas air, dè na goireasan a bhios a dhìth oirbh air a shon, ciamar a bhios sibh a' meas gun robh sibh soirbheachail, is mar a bhios seo a' cur ri amasan Bhòrd na Gàidhlig. Tha na raointean-obrach seo comasach a bhith air am fosgladh is dùnadh fhad 's a tha sibh ag obair orra.

In this section, we will ask you to name up to 5 work areas that your work will be divided into. For each work area, we will ask you to provide a summary of what the work area will cover, what resources are needed to deliver the work, how you will assess that you were successful and how this will contribute to Bòrd na Gàidhlig's aims. These work area questions are grouped so that they can be collapsed and expanded as you are working on them.

▼ Raon-obrach 1 / Work-area 1

Tiotal na raoin-obrach / Work area title: Taic do agus adhartachadh nam Fèisean

Iomradh / Summary:

'S e prìomh adhbhar Fèisean nan Gàidheal, taic a thoirt do na Fèisean agus na Fèisean adhartachadh, agus e na amas dhuinn dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile duine pàirt is tlachd a ghabhail sna h-ealain thraidiseanta. Tha sinn a' toirt aithne do agus a' cur luach san obair fhìor mhòr a tha luchd-obrach saor-thoileach a' dèanamh agus iad a' cur air dòigh agus a' lìbhrigeadh nam prògraman teagaisg agus tha e mar phrìomhachas dhuinn dèanamh cinnteach gum faigh iad an taic a tha dhìth orra agus gum faigh iad cothrom air an taghadh farsaing de sheirbheisean a th' againn.

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an obair a nì luchd-obrach saor-thoileach agus tha e na amas dhuinn, tro bhith a' tabhann grunn sheirbheisean dhaibh, nach bi uiread uallaich a' tighinn orra agus gun còrd an obair riutha barrachd. Tha sinn gu math taingeil airson na h-obrach a nì feadhainn den luchd-chiùil is na seinneadairean as fheàrr ann an Alba mar oidean aig na Fèisean, agus bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh cinnteach gun tèid phàigheadh cothromach a thoirt dhaibh airson na h-obrach sin. Tro cho-obrachadh is obair chom-pàirteach, tha sinn airson dèanamh cinnteach gun tèid pròiseactan cruthachail a lìbhrigeadh.

Ann a bhith a' toirt taic do agus adhartachadh nam Fèisean, bidh maoineachadh cunbhalach ann do na Fèisean, maoineachadh airson leasachaidhean ùra agus maoineachadh gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine le feumalachdan taice a bharrachd air tachartasan.

Bidh taic ann do luchd-eagrachaidh ionadail, pàighte no ag obair gu saor-thoileach. Bidh iomairtean ann a tha a' toirt cothrom do bharrachd dhaoine òga a dhol an sàs ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean airson nam Fèisean.

Bidh cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil. Bidh Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich agus gheibh gach Fèis àrachas an-asgaidh. Bidh sinn a' cuideachadh Fhèisean ar Poileasaidh Gàidhlig a chu an gnìomh.

Tha sinn air grunn phoileasaidhean eile a chruthachadh, a bhios sinn a' moladh do na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr-mhath a chumail. Bidh buidhnean eile gan cur gu feum cuideachd.
Bidh sinn a' sgaoileadh naidheachdan do na meadhanan àbhaisteach agus air na meadhanan sòisealta gu tric agus a' toirt do na Fèisean an aon rud a dhèanamh.

Cumaidh sinn romhainn a' cruthachadh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra agus gan cur ann an cruth didseatach feuch an gabh an cleachdadh le barrachd dhaoine. Bidh sinn a' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig tron phròiseact Fuaran agus gan glèidheadh mar ghoireas a ghabhas a chur gu feum le Fèisean ionadail is buidhnean eile. Bidh sinn cuideachd a' cumail taic do dh'òrain Ghàidhlig ùra a dhèanamh nuair a nochdas chothroman tro choimiseanan is eile.

Ma bhios maoineachadh gu leòr againn, bheirear taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chumail suas agus tha sinn ag amas air còmhlan nàiseanta le òigridh nam Fèisean a chruthachadh.

Bidh an raon-obrach seo a' cur ris na gnìomhan a leanas ann an dreach Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28:
· Community networks will continue to be prioritised with the use of Gaelic a central part of their activity
· The availability and promotion of Gaelic events and activities for young people will be increased
· There will be continued support for on-line communities and the opportunities to use Gaelic in this context
· More Gaelic books and other resources will be available and promoted
· Support growth in digital content available for people to access through media
· More arts organisations, activities and festivals encouraged and supported to include Gaelic so that it is more widely heard and seen
· Increase support from public bodies for Gaelic arts bodies to create opportunities, access, skills, and participation
· Expand the Gaelic labour market through promoting careers which value Gaelic skills, apprenticeships, skills development and training programmes and strengthen career routes and succession planning for careers where Gaelic is deemed essential or desirable
· Support should be available for communities to create or acquire assets which offer spaces which would generate economic activity and enable greater social use of Gaelic
· Ensure Gaelic is included and prioritised in activity resulting from the Islands (Scotland) Act 2018 and Island Community Impact Assessments fulfil the requirements regarding assessing impact on Gaelic.

Goireasan / Resources:

Bidh an sgioba obrach air fad an sàs anns na diofar eileamaidean den raon-obrach seo ach le uallach gu sònraichte air Manaidsear Leasachaidh agus Oifigearan Leasachaidh na buidhne. Bidh buidseat a dhìth, a' toirt a-steach luchd-obrach agus stòras a ghabhadh a roinn ann an tabhartasan do na Fèisean.

Ainmich suas ri 3 builean a tha sibh ag amas a thèid a choileanadh gach bliadhna leis an raon-obrach seo. Chan eil sinn ag amas air àireamhan de rudan a thèid a choileanadh, ach am buaidh a thèid a' tomhais air sgath na h-obrach a thèid a choileanadh.

Name up to 3 outcomes that you are aiming to achieve each year with this work area. We are not looking for the number of something that is completed, but the impact that will be measured because of this work.

Buil 1.1 / Outcome 1.1:	Bidh taic iomchaidh ann airson dìon a thoirt air Fèisean an obair aca ath-thòiseachadh an dèidh chovid, dèiligeadh ri cosgaisean àrda bith-beò agus an ìre de chom-pàirteachas a bh' aca ro chovid a ruighinn a-rithist.
Buil 1.2 / Outcome 1.2:	Thig piseach air tàlantan cruthachail, sgilean beatha agus sunnd òigridh tro chom-pàirteachas agus obair ùr-ghnathach anns na h-ealain Ghàidhlig.
Buil 1.3 / Outcome 1.3:	Bidh misneachd coimhearsnachdan ga neartachadh agus beatha is sunnd dhaoine nas fheàrr tro thachartasan agus gnìomhan cruthachail agus cothroman a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta.

A' tomhas adhartais / Measuring progress:

1.1
Fiosrachadh àireameil mu chom-pàirteachas agus fiosrachadh tro bhuidnean còmhraidhean mun ìre de thaic a tha Fèisean a' faotainn.

1.2
Ceisteachain gan sgaoileadh air com-pàirtichean ag iarraidh orra fèin-mheasadh a dhèanamh mu na buannachdan a tha iad a' faotainn tro chom-pàirteachas agus an ìre dham bheil sin a' toirt orra a' Ghàidhlig a chleachdadh.

1.3
Ceisteachain gan sgaoileadh air luchd-frithealaidh a' faighneachd mu na faireachdainnean a th' aca agus na cothroman a tha ar n-obair a chruthachadh a' Ghàidhlig a chleachdadh.

Buaidh air a' Ghàidhlig / Impact for Gaelic:

Ma thèid leinn mar a tha sinn an dùil bidh fianais ga thogail gu bheil àireamhan com-pàirtichean fallain, gu bheil na tachartasan a tha sinn a' cur air dòigh a' toirt chothroman do dhaoine a' Ghàidhlig a chleachdadh agus faicsinneachd a thoirt don chànan ann an coimhearsnachdan agus gu bheil daoine – com-pàirtichean agus luchd-èisteachd – a' faotainn tlachd bhuapa.

▼ Raon-obrach 2 / Work-area 2

Tiotal na raoin-obrach / Work area title: A’ leasachadh sgilean is thàlantan cruthachail

Iomradh / Summary:

Tha na Fèisean air soirbheachadh gu mòr ann a bhith a’ brosnachadh dhaoine gu bhith dol an sàs sna h-ealain, agus ann a bhith a’ leasachadh thàlantan dhaoine. Tha an obair againn air buaidh a thoirt, agus bidh i a’ toirt buaidh fhathast, air na sgilean cruthachail, cànain is sòisealta aig an òigridh a ghabhas pàirt sna Fèisean.

Tha sinn a’ gabhail ris gum feum sinn a’ cumail oirnn a’ cosg airgead air a bhith a’ leasachadh sgilean nan daoine a tha lìbhrigeadh ar pròg raim feuch am faigh sinn na builean as fheàrr as urrainnear dhaibh. ‘S urrainn dhuinn tàlantan muinntir òg nam Fèisean a leasachadh, aithne a thoirt do mar a tha iad a’ soirbheachadh agus cothroman a thoirt dhaibh gus tuilleadh adhartais a dhèanamh agus nithean ùra ionnsachadh ann an com-pàirt le daoine eile. Tha e cudromach dhuinn gun urrainn dhuinn cuideachadh le bhith ag àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba tro na poileasaidhean taiceil a tha sinn airson a thoirt gu buil.

Ann a bhith a’ leasachadh sgilean is thàlantan cruthachail, bidh trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh’oidean a leigeas leotha teisteanasan fhaighinn mas e sinn am miann.

Bidh trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh’oidean nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gun tèid barrachd Ghàidhlig a chleachdadh gus ar Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh.

Bidh trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.

Bidh sgioba Fèisean nan Gàidheal a’ faighinn trèanadh cunbhalach, ann an Gàidhlig cho math ri cuspairean eile, a bhios gan cuideachadh an obair a thoirt gu buil.

Bidh sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil seòrsaichean ealain nach eil a’ nochdadh cho tric aig na Fèisean a’ nochdadh nas trice tro thachartasan sònraichte far am bi oidean is eòlaichean a’ tighinn còmhla gus sgilean is deagh mhodhan-obrach ionnsachadh do chàch a chèile.

Bidh sinn ag ionnsachadh sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a’ cruinneachadh stuthan, tàr-sgrìobhadh agus clàraidhean a dhèanamh agus an glèidheadh ann an cruth didseatach. Bidh trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga, a bhith ag obair ann an gnìomhachas a’ chiùil agus comhairle ann do dh’òigridh a thaobh dreuchdan ann an saoghal nan ealan agus na Gàidhlig.

Bidh cothroman ann do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith a’ leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra agus cothroman aca ionnsachadh bho fhìor eòlaichean dualchas na Gàidhlig.

Bidh an raon-obrach seo a’ cur ris na gnìomhan a leanas ann an dreach Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28:
· Community networks will continue to be prioritised with the use of Gaelic a central part of their activity
· Support, including continuous professional learning, for the network of Gaelic Officers to develop local programmes for all ages is increased
· Gaelic skills included and promoted in careers opportunities, routes to employment, skills training and apprenticeships
· Expand the Gaelic labour market through promoting careers which value Gaelic skills, apprenticeships, skills development and training programmes and strengthen career routes and succession planning for careers where Gaelic is deemed essential or desirable.

Goireasan / Resources:

Bidh Manaidsear Ghnìomh, Manaidsear Leasachaidh agus Manaidsear Fèisgoil, cho math ri rianadairean na buidhne an sàs anns na diofar eileamaidean den raon-obrach seo. Bidh buidseat a dhìth, a’ toirt a-steach luchd-obrach agus cuid de chosgaisean trèanaidh gu sònraichte co-cheangailte ri Gàidhlig a thogail.

Ainmich suas ri 3 builean a tha sibh ag amas air a thèid a choileanadh gach bliadhna leis an raon-obrach seo. Chan eil sinn ag amas air àireamhan de rudan a thèid a choileanadh, ach a' bhuaidh a thèid a' tomhais air sgàth na h-obrach a thèid a choileanadh.

Name up to 3 outcomes that you are aiming to achieve each year with this work area. We are not looking for the number of something that is completed, but the impact that will be measured because of this work.

Buil 2.1 / Outcome 2.1: Bidh cothroman obrach gan cruthachadh airson luchd-ealain le dealas do dh’Obair Chothromach agus buaidh air eaconamaidh na h-Alba.

Buil 2.2 / Outcome 2.2: Bidh goireasan didseatach gan cur gu feum airson ar n-obair a thoirt do shluagh eadar-mheasgte, farsaing.

Buil 2.3 / Outcome 2.3: Bidh Fèisean nan Gàidheal uidheamaichte airson dèiligeadh ri atharrachaidhean ris nach robh dùil agus comasach, gnìomhach ann an suidheachadh sam bith den t-seòrsa sin.

A' tomhas adhartais / Measuring progress:

2.1
Bidh sinn a' cumail fiosrachadh àireamheil mu chom-pàirtichean trèanaidh agus àireamhan dhaoine a tha ag obair dhuinn. Bidh buidhnean còmhraidh stèidhichte le sampal de dh'oidean is saor-thoilich airson fiosrachadh a thional mun ìre de Ghàidhlig a tha iad a' cleachdadh agus am feum a trèanadh eile a' dèanadh.

2.2
Tro ghoireasan didseatch cuiridh sinn ceisteachain air dòigh airson beachdan chom-pàirtichean a thogail mu na goireasan air loidhne againn.

2.3
Ma thèid atharraichean a chur an sàs bidh sinn an dòchas, tro trhèanadh, gum bi daoine againn a b' urrainn na modhan-obrach aca atharrachadh airson freagairt air suidheachaidhean den t-seòrsa sin.

Buaidh air a' Ghàidhlig / Impact for Gaelic:

Bidh daoine ullaichte airson obair a ghabhail os làimh agus air an trèanadh airson an cuid sgilean Gàidhlig a chur gu feum. Gheibheadh iad pàigheadh cothromach a' togail bàidh don Ghàidhlig agus bidh iad a' cur ris an eaconamaidh ri linn obair na Gàidhlig. Bidh barrachd sgilean aig òigridh a ghabhadh a chur gu feum ann an obair co-cheangailte ri dualchas na Gàidhlig agus saoghal nan ealan.

▼ Raon-obrach 3 / Work-area 3

Tìotal na raoin-obrach / Work area title: A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachaidh cruthachail

Iomradh / Summary:

Tha Fèisean nan Gàidheal, agus na Fèisean fhèin, fortanach gu bheil sinn ag obair còmhla ri buidheann de dh'oidean air leth sgileil a tha air feum a dhèanamh den deagh eòlas a th' aca air a bhith a' toirt seachad leasanan neo-fhoirmeil gus clasaichean a thoirt seachad an lùib foghlam foirmeil. Tha oidean nam Fèisean air feum a dhèanamh de na sgilean aca gus obair a dhèanamh an lùib nan ealain agus le Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun tèid cuid de na builean a choileanadh a tha dhìth air a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais, Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig agus iomairtean Riaghaltas na h-Alba san fharsaingeachd, agus tha an obair aca a' cuideachadh le bhith a' cur cuid de na deagh mhodhan-obrach an sàs a thathar a' moladh san Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig.

Tha sinn ag aithneachadh mar a dh'fheumas Fèisean nan Gàidheal airgead a dhèanamh bho bhith a' lìbhrigeadh sheirbheisean agus thairis air an deich bliadhna a dh'fhalbh tha sinn air taghadh de phròiseactan ionnsachaidh, cruthachail agus coimhearsnachd a thaobh nan ealain agus na Gàidhlig a thoirt còmhla fo sgèith aon seirbheis, Fèisgoil. Tha an t-seirbheis a' gabhail a-steach: cothroman gus ceòl ionnsachadh is a chluich, obair dràma is clasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean agus trèanadh do bhuidhnean poblach gus am bi daoine nas mothachail air a' Ghàidhlig agus iomairtean eile.

Tha Fèisgoil cuideachd a' toirt cothrom dhuinn an àireamh dhaoine a bhios a' gabhail pàirt anns na Fèisean a leudachadh, agus cothrom do na Fèisean ionadail sealltainn mar as urrainn don obair a tha iadsan a' dèanamh taic a thoirt do dh'obair nan sgoiltean.

Cuideachd, tha an obair a nì sinn ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach sgoiltean sònraichte, a' toirt cothrom don a h-uile duine òg a dhol an sàs ann an cànan is cultar às bith dè na freumhan cinneachail a th' aca, dè cho comasach 's a tha e dhaibh pàigheadh airson leasanan, dè na comasan ionnsachaidh no tàlantan cruthachail a th' aca, no càit' a bheil iad a' fuireach.

Ann a bhith a' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachaidh cruthachail, bidh sinn a' cumail oirnn a' cur Fèisgoil air adhart mar sheirbheis iomlan a tha a' tabhann chothroman air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain. Bidh goireasan didseatach gan cur gu feum, co-dhiù ann an cuid de shuidheachaidhean, gus barrachd dhaoine a ruighinn agus lùghdachadh na tha sinn a' cosg de ghualain.

Lean clasaichean ann an ceòl traidiseanta tro Iomairt Ceòl na h-Òigridh (ICO) agus pròraman eile leithid Acadamaidhean a' Mhòid, a rèir chùmhnantan bho bhliadhna gu bliadhna. Bidh seo air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean/roinnean Gàidhlig.

Bidh barrachd a' dol air adhart tron sgeama Beairteas agus tachartasan còmhnaidh a leithid 5 Latha agus an Sgoil-shamhraidh Dràma airson sgilean cainnt òigridh a neartachadh tro chonaltradh le ginealach nas sine.

Ma bhios cùmhnantan ri fhaighinn bho ùghdarrasan ionadail bidh Blasad Gàidhlig a leantainn - pròraman do sgoiltean a tha ag iarraidh gum faigh na sgoilearan aca beagan eòlais air a' Ghàidhlig agus do

bhuidhnean poblach a tha ag iarraidh trèanadh a bheir barrachd mothachaidh air a' Ghàidhlig don luchd-obrach aca.

Bidh cothroman ionnsachaidh proifeiseanta ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean agus oidean Fèisgoil.

Bidh taisbeanaidhean agus bùithtean-obrach dràma is prògraman cleasachd tron Ghàidhlig le Meanbh-Chuileag cho math ri prògram Sporan a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig no don fheadhainn aig nach eil Gàidhlig sam bith. Bidh obair ann do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean a dhol an sàs ann an seinn, ceòl is cleasachd Ghàidhlig tro Hùb Hàb.

Ma bhios iarrtas ann, thèid meanbh-fhèisean air adhart ann an sgoiltean is coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gun cuir daoine eòlas air agus gun tèid iad an sàs ann an cultar na Gàidhlig.

Bidh sinn a' feuchainn sheòrsaichean obrach chruthachail nach fhaighear ann an Gàidhlig an-dràsta agus a' cuideachadh dhaoine le sgrìobhadh cruthachail tro obair dràma agus cùrsaichean a dh'aona-ghnothach.

Bidh sinn a' tabhann eadar-theangachadh mar-aon (Gàidhlig gu Beurla) aig coinneamhan is tachartasan.

Nam faigheamaid an cothrom, bhitheamaid ro dheònach a dhol an sàs ann an leasachadh agus lìbhrigeadh phròiseactan sònraichte coltach ri Treòir l Voar l Virr ann am barrachd sgoiltean.

Bidh an raon-obrach seo a' cur ris na gnìomhan a leanas ann an dreach Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28:
· Community networks will continue to be prioritised with the use of Gaelic a central part of their activity
· The availability and promotion of Gaelic events and activities for young people will be increased
· There will be continued support for on-line communities and the opportunities to use Gaelic in this context
· Local Authorities support and grow Gaelic as a modern language in line with the 1+2 national policy
· Develop and extend an appropriate GME curriculum offer for both Broad General Education and Senior Phase in the secondary sector
· Increase the delivery of Gaelic (Learners) at L2, L3 and certification levels
· Gaelic skills included and promoted in careers opportunities, routes to employment, skills training and apprenticeships
· More Gaelic books and other resources will be available and promoted
· Support growth in digital content available for people to access through media
· Increase support from public bodies for Gaelic arts bodies to create opportunities, access, skills, and participation
· The Royal National Mòd will continue to be supported as the premier Gaelic language and cultural festival in Scotland
· Increase support from public bodies for Gaelic arts bodies to create opportunities, access, skills, and participation.
· Support for businesses to increase the use of Gaelic in services and products as well as in the workplace, and for expansion of services and products
· Build even greater impact from Gaelic Language Plans, the range of authorities, the provision, visibility, promotion, and uptake of the services offered in their individual communities and their effectiveness, based on an update to the Statutory Guidance on Gaelic Language Plans.

Goireasan / Resources:

Bidh Manaidsear agus Rianadair Fèisgoil an sàs anns na diofar eileamaidean den raon-obrach seo le taic bhon Mhanaidsear Leasachaidh (le 5 Latha) agus Oifigear Dràma (Sgoil-shamhraidh Dràma) na buidhne. Bidh rianadair agus Manaidsear Ghnìomh na buidhne an sàs cuideachd a' pàigheadh dhaoine airson nan seirbheisean a bhios iad a' toirt seachad.

Bidh a' mhòr-chuid de chosgaisean Fèisgoil stèidhichte air cùmhnantan far a bheil teachd a-steach ach tha obair chudromach ann a' cumail taic ri foghlam tron Ghàidhlig agus eòlas mun Ghàidhlig a thoirt do sgoilearan a tha ga h-ionnsachadh. Bidh buidseat a dhìth gu sòbraichte airson obair dràma anns na sgoiltean a' toirt a-steach luchd-obrach agus prògram nan sgoiltean.

Ainmich suas ri 3 builean a tha sibh ag amas air a thèid a choileanadh gach bliadhna leis an raon-obrach seo. Chan eil sinn ag amas air àireamhan de rudan a thèid a choileanadh, ach a' bhuaidh a thèid a' tomhais air sgàth na h-obrach a thèid a choileanadh.

Name up to 3 outcomes that you are aiming to achieve each year with this work area. We are not looking for the number of something that is completed, but the impact that will be measured because of this work.

Buil 3.1 / Outcome 3.1:	Thig piseach air tàlantan cruthachail, sgilean beatha agus sunnd òigridh tro chom-pàirteachas agus obair ùr-ghnathach anns na h-ealain Ghàidhlig.

Buil 3.2 / Outcome 3.2:	Bidh cothroman obrach gan cruthachadh airson luchd-ealain le dealas do dh'Obair Chothromach agus buaidh air eaconamaidh na h-Alba.
Buil 3.3 / Outcome 3.3:	Tha cruthachas ga chur gu feum a' tarraing dhaoine bho air feadh na h-Alba don Ghàidhlig le cothroman an cànan a thogail, a chleachdadh agus a leasachadh.

A' tomhas adhartais / Measuring progress:

3.1
Ceisteachain gan sgaoileadh air com-pàirtichean ag iarraidh orra fèin-mheasadh a dhèanamh mu na buannachdan a tha iad a' faotainn tro chom-pàirteachas agus an ìre dham bheil sin a' toirt orra a' Ghàidhlig a chleachdadh.

3.2
Bidh sinn a' cumail fiosrachadh mun àireamh de chothroman obrach a thèid a chruthachadh tro ar n-obair agus ghabhadh buidheann còmhraidh stèidhichte le taghadh de chunnradairean airson fiosrachadh mun ìre de Ghàidhlig a tha iad a' cleachdadh agus am beachdan mun Ghàidhlig a thional.

3.3
Cuiridh sinn ceisteachain air dòigh airson faighneachd do chom-pàirtichean mu na cothroman a fhuair iad a' Ghàidhlig a thogail agus a chleachdadh, am faigheadh iad cothroman eile den aon sheòrsa agus a bheil an toiseach tòiseachaidh a tha iad air fhaighinn a' toirt orra smaoineachadh air barrachd Ghàidhlig a thogail no a chleachdadh.

Buaidh air a' Ghàidhlig / Impact for Gaelic:

Tha dùil gun tig dearbhadh gu bheil òigridh a' faighinn tlachd bhon obair anns a bheil sinn an sàs agus gu bheil sin a' togail bàidh don Ghàidhlig. Bidh fianais nas fheàrr againn a bheil com-pàirt anns na h-ealain a' toirt air daoine barrachd Ghàidhlig ionnsachadh agus a cleachdadh nas trice. Bheireadh sinn dhuinn bunait airson na h-obrach a luachadh agus taic a chur mu choinneamh ghnìomhan a tha a' soirbheachadh.

▼ Raon-obrach 4 / Work-area 4

Tiotal na raoin-obrach / Work area title:	A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Iomradh / Summary:

Tro ar pròram-obrach 's urrainn dhuinn cothrom a thoirt do choimhearsnachdan ionadail agus luchd-tadhail frithealadh air diofar thachartasan Gàidhlig is ealain agus pàirt a ghabhail annta. Gach bliadhna tha sinn a' dèanamh oidhirp gus luchd-èisteachd a thàladh, gus an àireamh dhiubh a chur an àirde agus gus taic a chumail ri coimhearsnachdan ann a bhith a' cur air dòigh iomairtean is tachartasan cultarach. Tha sinn ag aithneachadh nam buannachdan a gheibh daoine òga bho bhith faighinn cothrom cluich is seinn agus mar a tha sin a' leasachadh nan sgilean aca, a' brosnachadh sàr dhòighean-obrach. Tha na tachartasan againn a' sìneadh thar raon farsaing den dùthaich. Tha sin a' ciallachadh gun urrainn do choimhearsnachdan beaga tachartasan a chur air adhart sna sgìrean aca fhèin agus chan fheum iad siubhal do na bailtean-mòra airson leithid a thachartasan ach an cur air adhart ann an dòigh nas seasmhaiche don àrainneachd.

Ann a bhith a' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca, bidh sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail, Cèilidhean air Chuairt as t-samhradh agus Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach choimiseanan ùra agus 's dòcha a' leudachadh na fèise gu sgìrean eile. Ma bhios lùghdachadh airgid a' ciallachadh nach buan Blas san riochd anns a bheil i an-dràsta, bidh sinn airson a chumail romhainn tachartasan ealain a chur air dòigh ann an coimhearsnachdan dùthchail.

Bidh Sgoil-shamhraidh Dràma ann gach bliadhna agus tachartasan còmhnaidheach eile, le taisbeanaidhean poblach de na h-ealain Ghàidhlig.

Bidh sinn a' sireadh com-pàirt do na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha a' comharrachadh chuspairean sònraichte, mar a thachair am-bliadhna nuair a chluich buidheann aig fosgladh oifigeil Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èidinn. Bidh cothroman cluiche gan sireadh aig tachartasan eile ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh, le sealladh air Canada agus Èirinn far an gabhadh a' Ghàidhlig a thuigsinn agus a bhruidhinn. Bidh com-pàirt againn cuideachd ann tachartasan a tha cudromach don Ghàidhlig, a leithid Seachdain na Gàidhlig agus Mìos nan Gàidheal ann an Alba Nuadh.

Tha ceangal eadar an t-amas seo ri stèidheachadh còmhlan nàiseanta nam Fèisean air a bheil iomradh ann an Raon-obrach 1. Bhitheadh seo tarraingeach do ghrunn fhèisean is thachartasan, agus bhiodh e a' toirt chothroman a bharrachd sgilean òigridh a thoirt air adhart agus taisbeanadh ealain na Gàidhlig a thaisbeanadh aig àrd ìre.

A’ cleachdadh ghoireasan didseatach, bidh sinn airson àireamh an luchd-èisteachd againn a leudachadh tro dhiofar thachartasan agus a’ cumail fios riutha ann an diofar dhòighean air loidhne.

Bu mhath leinn ar seirbheis FèisTV a leudachadh barrachd, a dhèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig sluagh farsaing is eadar-mheasgte air an obair againn.

Tha feum air luchd-ealain agus coimhearsnachd air taic-airgid agus mas e rùn Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig taic a chumail ri prògraman nan tabhartasan airson nan ealain traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig, bhitheamaid gu math toilichte Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig a lìbhrigeadh às an leth. Tha sinn air suim a chur mu choinneamh Maoin nan Ealan Gàidhlig nar n-iarrtas aig an ìre seo co-dhiù.

Bidh an raon-obrach seo a’ cur ris na gnìomhan a leanas ann an dreach Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28:
· Community networks will continue to be prioritised with the use of Gaelic a central part of their activity
· The availability and promotion of Gaelic events and activities for young people will be increased
· There will be continued support for on-line communities and the opportunities to use Gaelic in this context
· Support growth in digital content available for people to access through media
· Increase support from public bodies for Gaelic arts bodies to create opportunities, access, skills, and participation.
· Support for businesses to increase the use of Gaelic in services and products as well as in the workplace, and for expansion of services and products
